

# AITHISG BHLIADHNAIL & AITHRIS NAN CUNNTASAN

MG ALBA

# 2015-16

Annual Report & Statement of Accounts





Rathad Shìphoirt  
Steòrnabhagh  
Eilean Leòdhais  
HS1 2SD


19 Ògmhios 2016

Dame Patricia Hodgson DBE  
Cathraiche  
Ofcom  
Taigh Riverside  
2A Rathad Southwark Bridge  
LUNNAINN  
SE1 9HA

A Bh-uas Hodgson

*Aithisg Bhliadhnaill & Aithris nan Cunntasan*

An co-chòrdadh ri Earrann 19 (12) de Achd Craolaidh 1990, tha mi a' cur an cois seo Aithisg Bhliadhnaill Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus Aithris nan Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2016.



**Magdalene Choinéagán**

CATHRAICHE

Seaforth Road  
Stornoway  
Isle of Lewis  
HS1 2SD

19 June 2016

Dame Patricia Hodgson DBE  
Chairman  
Ofcom  
Riverside House  
2A Southwark Bridge Road  
LONDON  
SE1 9HA

Dear Ms Hodgson

*Aithisg Bhliadhnaill & Aithris nan Cunntasan*

In accordance with Schedule 19 (12) of the Broadcasting Act 1990, I enclose the Annual Report of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (Gaelic Media Service) and the Statement of Accounts for the year ended 31 March 2016.



**Maggie Cunningham**

CHAIRPERSON



# CLÀR-INNSE

Contents

04	LÈIRSINN Vision
05	RÙN Mission
06	TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE Chairperson's message
10	LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR Chief Executive's review
16	LÈIRMHEAS AIR GNÌOMHAN & GNOTHAICHEAN Activities & business review
22	AMASAN & TORAIIDHEAN 2015/16 Objectives & outcomes 2015/16
24	LÈIRMHEAS AIR BBC ALBA AGUS MEADHANAN GÀIDHLIG EILE ANN AN ALBA A review of BBC ALBA and other Gaelic media in Scotland
44	LÈIRMHEAS AIR LEASACHADH Development review
50	AITHRIS RIAGHLAIDH Governance statement
58	CUNNTASAN AIRSON NA BLIADHNA A DHUIN 31 MÀRT 2016 Accounts for the year ended 31 March 2016
86	TUILLEADH FIOSRACHAIDH Additional information
88	LUCHD-OBRACH Staff
90	BUILL A' BHÙIRD Board Members
92	COMHAIRLICHEAN & FIOS THUGAINN Advisors & contact details


# LÈIRSI

## N

Vision

Gum bi na meadhanan Gàidhlig aithnichte fad is farsaing airson obair chruthachail,  
ùr-ghnàthach agus den ìre as àirde

That Gaelic media is recognised universally for creativity, innovation and the highest standards





5

# RÙN

Míssion

Geallaidh sinn spionadh agus brosnachadh a thoirt tron Ghàidhlig agus tro na Meadhanan

Our promise is to inspire and encourage through Gaelic and Media

A' toirt Gàidhlig thugaibh  
Bringing Gaelic to you



# TEACHAIREACHD A' CHATHRAICHE

*Chairperson's message*

*Maggie Chonage.*

Tha MG ALBA air a bhrosnachadh gu mòr leis an taic shoilleir a tha BBC ALBA a' faighinn, is e a-nis san 8<sup>th</sup> bhliadhna, agus gu sònraichte an taic a tha a' tighinn bhon phrìomh luchd-amhairc Gàidhlig. Tha an dà phrìomh sheirbheis eile a tha againn airson luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, LearnGaelic.scot agus FilmG, air deagh lìbhrigeadh a choileanadh agus tha sinn gu sònraichte misneachail leis an àireamh de dhaoine òga a tha air a bhith an sàs ann am FilmG am-bliadhna.

Tha Lèirsinn 2021, an sealladh a tha againn airson na h-ath chòig bliadhna, a chaidh fhoillseachadh san Dùblachd 2015, a' cur an cèill slighe shoilleir airson MG ALBA agus airson nam meadhanan Gàidhlig. Tha i a' togail air soirbheachas chinnteach BBC ALBA aig a h-uile ère. Tha a' Ghàidhlig a-nise na cànan beò, tarraingeach agus buntainneach anns a h-uile dachaigh anns a bheil telebhisean ann an Alba. Tha mothachadh aig irean glè àrd aig

MG ALBA continues to be heartened by the clear support for BBC ALBA, now in its 8<sup>th</sup> year, and especially the loyalty of the core Gaelic audience. Our two other key services for Gaelic users, LearnGaelic.scot and FilmG, have both delivered well and we are especially encouraged by the number of young people involved in FilmG this year.

Our 5-year vision, Lèirsinn 2021, published in December 2015, sets a clear path for MG ALBA and for Gaelic media. It builds on the undoubtedly success of BBC ALBA at all levels. Gaelic is now present as a living, attractive and relevant language in every TV-owning household in Scotland. The channel enjoys very high levels of awareness in Scotland, offering both Gaelic speakers and non-Gaelic speakers unique programmes of interest and value, and giving on-screen representation and expression to

daoine air an t-seanail ann an Alba, a' tabhann prògraman air leth de dh'ùidh agus luach, an dà chuid do dhaoine a bhruidhneas a' Ghàidhlig agus do dhaoine nach bruidhinn i, agus a' toirt riochdachadh agus cothrom-labhairt air-sgrion do choimhairsnachdan air feadh farsaingeachd na dùthcha.

Mar a tha sinn a' coimhead air adhart, tha sinn gu làidir den bheachd gun tig buannachdan don chànan, don luchd-amhairc agus don roinn mheadhanan chruthachail mar thoradh air meudachadh seilbh ann am prògraman Gàidhlig.

Tha sinn a' leantainn oirnn a' cur ris a' bhuaidh a th' againn air roinn riochdachaidh neo-eisimeilich na h-Alba, is sinn a' meudachadh na tha sinn a' cosg air an roinn, agus a' cuideachadh ann a bhith a' cruthachadh cultar de dh'àrd-amas agus de dh'àrd-rùn nar coimhairsnachd chruthachail. Tha comharran adhartais a' sealltainn tòrr

misneachd am measg sgrìobhadairean is actairean ann an Gàidhlig is tha sinn a' coimhead ri modalan ùra airson tuilleadh èifeachdas agus cuideachd airson ar cuid obrach a chur air stèidh a tha a' sìor mheudachadh gu h-eadar-nàiseanta.

Tha an co-bhanntachd soirbheachail a tha againn leis a' BhBC a' dèanamh cinnteach gu bheil BBC ALBA, mar phrìomh phàirt de thairgse a' BhBC air ùrlaran didseatach, a' toirt barrantas gum faigh luchd-labhairt na Gàidhlig iomadh dòigh air cothrom fhaighinn air susbaint.

Tha sinn a' làn chreidsinn gu bheil co-bhanntachdan dhen t-seòrsa seo air leth cudromach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a deagh fhrìthealadh an dà chuid gu h-ionadail agus gu nàiseanta. Tha sinn air leth toilichte a bhith a' co-nbrachadh le Bòrd na Gàidhlig agus le buidhnean eile ann a bhith a' dèanamh

communities the length and breadth of the country.

As we look forward, we are firmly of the view that increased investment in Gaelic programming will repay dividends for the language, for the audience and for the creative media sector in Scotland.

We continue to work on increasing our already significant impact on the independent production sector in Scotland, as we increase our expenditure on the sector and help create a culture of ambition and aspiration in our creative community. Signs of progress include an increasing sense of self-belief in our Gaelic writing and performing talent and extends to a determination to see new business models and an ever-expanding international footprint for our media.

Our ongoing fruitful partnership with

the BBC ensures that BBC ALBA, as a core part of the BBC's offer on digital platforms, guarantees Gaelic speakers multiple ways of accessing content.

We believe that such partnerships are of vital importance in ensuring that Gaelic is well served both locally and nationally. We are delighted to continue to work closely with Bòrd na Gàidhlig and other agencies in ensuring that collaboration and effectiveness are key in delivering our respective commitments to Gaelic. We are also in constant dialogue with commissioners, senior programme makers and technological experts about ways to improve the experience of Gaelic speakers and learners, both on BBC ALBA and on LearnGaelic.

Our schedule is over-reliant on repeat material and this is the most serious deficit in our service on BBC ALBA.

cinnteach gu bheil co-obrachadh agus èifeachdas na phriomhachas ann a bhith a' coileanadh ar dleastanas fa-leth a thaobh na Gàidhlig. Tha sinn cuideachd daonnaan a' conaltradh ri coimseanairean, àrd-riochdairean phrògraman agus eòlaichean teicneòlais mu dhòighean gus tuilleadh tlachd a thoirt do dh'fhlileantaich agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig an dà chuid air BBC ALBA agus air LearnGaelic.

Tha cus ath-chraoladh air BBC ALBA, is e seo an easbhaidh as mothà san t-seirbheis. A thuilleadh air sin, chan eil seirbheis naidheachd air BBC ALBA air an deireadh sheachdain, agus tha gainnead mhòr san t-seirbheis do chloinn agus do dhaoine òga. Nar conaltraidhean ri Riaghaltas na RA agus ris a' BhBC, tha sinn air dèanamh soilleir gu bheil meudachadh air prògraman riatanach ann an leasachadh seirbheis agus tha e deatamach gum bi òigradh le Gàidhlig a' faighinn làn chothrom air prògraman a tha taitneach is a tha a'

buntainn riutha fhèin gu mòr.

Airson is gu lean an t-seirbheis dhan luchd-amhairc Gàidhlig a' sior leasachadh agus a bhith seasmhach, feumaidh sinn àireamh nas mothà de phrògraman ùra agus taghadh nas fharsainge de ghnèithean is de chuspairean. Leigidh tuilleadh maoineachaidh dhuinn seirbheis nas coileanta a stèidheachadh a' togail air seanail a tha mar-thà gun teagamh sam bith air leth soirbheachail.

Is e deagh àm a tha seo a bhith a' cur seilbh ann am BBC ALBA, le Cairt a' BhBC ga ùrachadh aig deireadh na bliadhna seo. Tha sinn air argamaid làidir a dhèanamh an dà chuid chun a' BhBC agus gu Riaghaltas na RA thar na bliadhna a chaidh seachad. Tha sinn a' làn chreidsinn gum feum am BBC an t-aon ghealltanach a thoirt do BhBC ALBA 's a thug e do S4C sa Chuimhrigh thar nan 30 bliadhna a chaidh seachad, is e sin, 10 uairean a thide san t-seachdain

aig a' char as lugha de phrògraman ùra maoinichte leis a' BhBC. Tha sin a' ciallachadh gealltanach de chòig uairean a thide a bharrachd gach seachdain airson BBC ALBA.

Mar a tha teicneòlas ga dhèanamh nas phasa taghadh cuine is càite an coimhead daoine prògraman is a leithid, tha fhathast beàrn mhòr eadar an fheadhainn aig a bheil cothrom air a' bhann-leathainn agus an fheadhainn aig nach eil. Tha e mar chòir aig a h-uile duine san RA san 21<sup>nh</sup> linn cothrom a bhith aca air bann-leathainn a tha earbsach agus aig astaran luath. Tha sin cho fior mu na ceàrnaidhean as iomallaiche den Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan 's a tha e do dhaoine a tha an teis-meadhan bailtean mòra. Tha na ceanglaichean sin deatamach ma tha a' Ghàidhlig a' dol a shoirbheachadh agus a' dol a mhairsinn beò agus tha sinn ag iarraidh air na buidhnean poblach agus priobhaideach na h-uallaichean a tha orra san raon seo

In addition, BBC ALBA does not have a news service at the weekend, and there is great paucity in its service for children and young people. In our discussions with the UK Government and with the BBC, we have made clear that an increased level of content is essential in service development and it is vital that elements of our content are a "must watch" for the younger Gaelic demographic.

For the service to the Gaelic audience to continue to improve and be sustainable we need a greater number of original programmes and a wider variety of content. Additional funding will allow us to work towards a comprehensive service for the whole Gaelic audience, building on what is undoubtedly a successful channel.

This is an ideal time to invest in BBC ALBA, with the renewal of the BBC's Charter at the end of this year. We have

made strong representation to both the BBC and the UK Government over the past year. We believe that the BBC must make the same core commitment to BBC ALBA as it has done to S4C in Wales for the past 30 years, that is, a minimum of 10 hours per week of original BBC programming funded by the BBC. For BBC ALBA, that means a commitment of an additional five hours per week.

As technology makes it easier to access content on a range of platforms and devices, there is still too much of a gap between the broadband haves and have nots. Reliable broadband and fast broadband speeds are every citizen's right in the UK of the 21<sup>st</sup> century. That is as true of the remoter parts of the Highlands and Islands as it is of our city centres. For Gaelic to prosper and survive, these connections are crucial and we ask public and private agencies to take their responsibilities in this area

seriously. It is vitally important to the viability of these areas in every sense.

We have great ambitions for serving our audience over the next five years, as highlighted in Lèirsinn 2021. We will work towards ensuring that this ambition is matched by adequate levels of funding commitments from the BBC and the Scottish Government, who have been strong supporters since the launch of BBC ALBA. In this respect we are pleased that the Scottish Government is maintaining its current level of investment in MG ALBA and that the UK Government is highly supportive of Gaelic broadcasting in its White Paper on the BBC. We also commit to supporting the aims of the National Gaelic Language Plan.

Alasdair MacCalum stepped down from the board at the end of April after eight years of excellent service. I am very grateful to him for his insightfulness, his

a ghabhail gu cridhe. Tha e air leth deatamach do chomas obrachaидh nan ceàrnaidhean sin sa h-uile seadh.

Tha amasan mòra againn a thaobh a bhith a' frithealadh ar luchd-amhairc thar nan còig bliadhna a tha romhainn, mar a tha air a shònrrachadh ann an Lèirsinn 2021. Obraichidh sinn gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-amasan a' faighinn taic maoineachaidh bhon BhBC agus bho Riaghaltas na h-Alba, a tha air a bhith nan taic mhòr on chaidh BBC ALBA a chur air chois. A thaobh seo tha sinn toilichte gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' cumail suas an ire maoineachaidh làithreach ann an MG ALBA agus gu bheil Riaghaltas na RA air leth taiceil do chraoladh Gàidhlig na Phàipear Gheal mun BhBC. Tha sinn cuideachd dealasach mu bhith a' toirt taic do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig.

Sheas Alasdair MacCalum sìos bhon bhòrd aig deireadh a' Ghiblein an dèidh ochd bliadhna de shàr sheirbheis.


commitment and his great enthusiasm for both the language and the service. We will miss his wisdom and optimism. We welcome two new board members, Mairi Kidd and Calum Ferguson and I look forward to their respective skills and perspectives. I am grateful to all board members and the staff at MG ALBA for their support, their commitment and their integrity.


Maggie Cunningham | Chairperson

Tha mi air leth taingeil dha airson a lèirsinn, a dhealas agus a dhiorras mòr an dà chuid dhan chànan agus dhan t-seirbheis. Bidh sinn ag ionndrainn a ghliocais agus a mhisneachd. Tha sinn a' cur fàilté air dà bhall ùr chun a' Bhùird, Mairi Kidd agus Calum MacFhearghais agus tha làn fhios agam gun toir iad le chèile sgilean sònraichte is beachdan feumail chun a' Bhùird. Tha mi taingeil do bhuill a' bhùird agus luchd-obrach MG ALBA air fad airson an taic, an dealas agus an dìcheall.

Magaidh Choineagan | Cathraiche

*... a rise in viewing of Gaelic-speaking audiences, up to*





# LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR

Chief Executive's review



Tron bhliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2016 chunnacas na meadhanan Gàidhlig a' mealtainn ìrean àrda de dhealas bhon phriomh luchd-amais aig an dearbh àm a bha mòran co-chomhairleachadh poblach agus deasbad a' dol air adhart mun t-slighe air adhart airson telebhisean mar sheirbheis phoblach. Le foillseachadh ar lèirsinn airson na h-ath chòig bliadhna, Lèirsinn 2021, anns an Dùblachd 2015, thàinig sinn gu deireadh mòran co-chomhairleachadh ri luchd-ùidh agus leis a' phoball agus gu toiseach tòiseachaidh air fòcas ùr air toraidhean ro-innleachdail fad-ùine airson nam meadhanan Gàidhlig.

Chùm BBC ALBA a' dol le choileanadh air leth làidir de luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, gu h-àraidh a thaobh a' phrògram An Là, am prògram naidheachdan gach là tron t-seachdain aig 8f. Chòrd sàr phrògraman a bha

stèidhichte ann an dualchas agus cultar na Gàidhlig ris an luchd-amhairc, leithid **Cèilidh na Blàdhna' Ùire** agus an dràma **Bannan**, a thaisbean tàlant sgrìobhaidh, actaидh agus rìochdachaidh ùr agus a bha a' tighinn am bàrr. Bha sreathan mar **Balaich a' Bhìobaill** agus **An Lot** ag innse dhuinn mu charactaran ùra agus tarraigeach a tha air tòiseachadh air turasan-beatha a tha a' dèanamh ceangal làidir ri luchd-amhairc air feadh Alba. Agus lean an t-seanail a' toirt thugainn sgeulachdan-beatha de theaghlaichean agus daoine fa leth aig a bheil a' Ghàidhlig agus air a bheil mòr mheas aig daoine cho math ri sgeulachdan mu ghaisgeachd agus coileanadh bho air feadh Alba, air an achadh spòrs, ann an saoghal cobhair chloinne, leigheis bheathaichean, iasgach no ceòl am measg fheadhainn eile.

Aon uair eile bha e follaiseach gun

robh an t-iarrtas a bu mhòtha airson prògraman ùra no bun-phrògraman. Le a-mhàin 13.3 uairean a thìde gu cuibheasach gach seachdain de phrògraman a chaidh a shealltainn airson a' chiad uair – co-mheas ath-chraolaidh de 74% - bha e nochdte gun do mheudaich am priomh luchd-amhairc an ùine amhairc chuibheasach gach seachdain bho 4.4 uairean a thìde gu 4.8 uairean agus an luchd-amhairc nàiseanta bho 1.7 gu 1.8 uairean gach seachdain.

Cha robh BBC ALBA saor bho na gluasadan nas fharsainge a tha a' toirt buaidh air amharc loidhneach telebhisein, leis a' ruigse chuibheasach gach seachdain ann an Alba a' tuiteam beagan gu 15%, fhathast mòran nas àirde na a' chomharra-measaidh 10% a bha Urras a' BhBC a' sùileachadh. Lean an dùbhlànan dùbailte a tha mu choinneimh a bhith ag amhairc ar

The year ending 31 March 2016 saw our Gaelic media services enjoying high levels of core audience loyalty at a time of significant public consultation and debate on the future of public service television. The publication in December 2015 of our vision for the next five years, Lèirsinn 2021, marked the culmination of much stakeholder and public consultation of our own and the beginning of a new focus on long-term strategic outcomes for Gaelic media.

BBC ALBA maintained its very strong performance with users of Gaelic, particularly with the 8pm weekday news programme, **An Là**. Our audiences enjoyed some extraordinarily good programmes rooted in Gaelic heritage and culture, such as **Cèilidh na Blàdhna' Ùire: Hogmanay show** and the drama **Bannan**, which showcased new and emerging writing, acting and production talent. Series such

as **Balaich a' Bhìobaill** and **An Lot** introduced us to new and compelling characters who have embarked on personal journeys that resonate strongly with audiences across Scotland. And the channel continued to bring us biopics of much-loved Gaelic-speaking families and individuals as well as stories of everyday heroism and achievement from across Scotland, whether on the sporting field, in the world of paediatric retrieval, veterinary medicine, fishing or music to name but a few.

Once again it was evident that the greatest demand was for new or original programmes. With only 13.3 hours of first-run programmes on average each week – a repeat ratio of 74% - it was significant that the core audience increased their average weekly viewing time from 4.4 to 4.8 hours and the national audience from 1.7 to 1.8 weekly hours.

BBC ALBA was not exempt from the wider trends affecting linear television viewership, with average weekly reach in Scotland falling slightly to 15%, still well ahead of the BBC Trust's benchmark expectation of 10%. Online viewing of our Gaelic media content continued to face the double challenge of discoverability on a densely populated iPlayer and poor broadband provision in many areas of core viewership. Many Gaelic-speaking communities still do not enjoy the necessary bandwidth or reliability required for the streaming of audio-visual content on the iPlayer, a point also noted by many participants in our online short film competition, FilmG, who told us about the high levels of difficulty experienced in viewing the short films or accessing the live-streamed awards ceremony. Absence of fast and reliable broadband also adversely affects digital media production businesses not based in

susbaint meadhanan Gàidhlig air-loidhne; a bhith ga lorg air iPlayer air a bheil na h-uiread de stuthan eile agus droch sholar bann-leathainn ann an iomadh ceàrnaidh anns a bheil ar prìomh luchd-amhairc. Tha mòran de na coimhlearsnachdan sa bheil a' Ghàidhlig air a bruidhinn fhathast às aonais an leud-banna no an earbsachd a dh'fheumar airson a bhith a' ruith susbaint lèir-chlaistinneach air an iPlayer, puing a chaidh a thogail le iomadh neach a ghabh pàirt nar farpais film goirid air-loidhne, FilmG, a dh'innis dhuinn mu na h-ìrean àrda de dhuilgheadas a bha aca ann a bhith a' coimhead nam filmichean goirid no ann a bhith a' coimhead cuirm nan duaisean a bha air a shruthadh beò air-loidhne. Tha dìth bann-leathainn luath agus earbsach cuideachd a' toirt droch bhuaidh air gnothachasan rìochdachaidd meadhanan didseatach nach eil stèidhichte ann

an ceàrnaidhean bailteil gu sònraichte leis gu bheil libhrigeadh stèidhichte air faidhle agus co-obrachadh eadar-nàiseanta a' sior fhàs riatanach. Tha e deatamach gum faighear thairis air na dùblain sin.

## A' cur rìs a' Ghàidhlig

Tha MG ALBA ag amas air a bhith a' cur gu mòr ri togail, cleachdad, inbhe agus leasachadh na Gàidhlig ann an Alba.

Tha BBC ALBA mar phrìomh sheòl airson nan amasan sin a choileanadh, an co-bhoinn ri FilmG agus LearnGaelic, a tha a' coileanadh raointean-obrach co-phàirteach ach eadar-dhealachite agus a' libhrigeadh thoraidhean nach eil comasach do thelebhisean loidhneach. Tha BBC ALBA, le raon fharsaing de phrògraman a tha a' còrdadh ri luchd-amais eadar-mheasgte, a' brosnachadh mòran ùidh sa chànan. Tha an làrach-

lin LearnGaelic.scot, a tha sinn a' ruith ann an com-pàirteachas leis a' BhBC, Bòrd na Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, Bòrd na Ceiltis agus feadhainn eile, a' tabhann do luchd-ionnsachaidd a tha nan inbhich, innealan ionnsachaidd practaigeach air-iarrtas leithid faclair le faidhlichean fuaim agus prògramadh BBC ALBA le tionndaidhean ionnsachaidd eadar-obrachail, agus ann an 2015-16 thug sinn gealltanach tuilleadh a thasgadh ann. Ann am pròiseact dà-bhliadhnaidh an co-bhoinn ri Bòrd na Gàidhlig, buidheann-gníomha na Gàidhlig, bheir sinn taic do leasachadh corpas briathrachais agus gràmair mar dhòigh air banca stòrais LearnGaelic a mheudachadh.

Bha e cuideachd taitneach a bhith a' mothachadh nan ìrean àrda de chom-pàirteachadh ann am FilmG, gu sònraichte le daoine òga neo-eisimeileach. Tha FilmG a' cruthachadh

urban areas, particularly as file-based delivery and international collaboration become increasingly necessary. It is critical that these challenges are overcome.

## Contribution to Gaelic

MG ALBA aims to make a significant contribution to the acquisition, practice, status and development of Gaelic in Scotland.

BBC ALBA is a key vehicle for the fulfilment of those aims, together with FilmG and LearnGaelic, which play complementary but distinct roles and deliver outcomes that are not possible for linear television. BBC ALBA, with its wide range of programmes which appeal to a diverse audience, fosters considerable interest in the language. The LearnGaelic.scot website, which we operate in partnership with the BBC,

Bòrd na Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, Bòrd na Ceiltis and others, offers adult learners practical on-demand learning tools such as a dictionary with sound files and BBC ALBA programming with interactive learning applications, and in 2015-16 we committed to further investment. In a joint two-year project with Bòrd na Gàidhlig, the Gaelic language agency, we will support vocabulary and grammar corpus development as a means of enriching the LearnGaelic resource bank.

It was also pleasing to note high levels of participation in FilmG, particularly by independent young people. FilmG is creating a rich bank of short films and cultivating a new and innovative brand of Gaelic media producer.

## Economic Impact

In 2015-16 we made a significant

investment in high quality new or original Gaelic production, with a spend of £9.9m generating 454 hours from 26 different production companies. Of that, £8.6m was spent with the independent production sector, much of it in tandem with a package of measures intended to foster the development of talent, skills and Gaelic language.

An economic impact report confirmed that almost 300 jobs result from MG ALBA's activities, 40% of which are based in the Highlands and Islands, a significant contribution to the employment levels and sustainability of an area partially designated as economically fragile. An especially notable feature of the year was the increasingly international outlook of many of our production partners as they seek to use their Gaelic media expertise to establish new collaborations and business models. In this context

stòras saidhbhir de fhilmichean goirid agus a' brosnachadh cruth ùr agus ùr-ghnàthach de riochdair meadhanan Gàidhlig.

## Buaidh Eaconamach

Ann an 2015-16 rinn sinn seilbh chudromach ann an riochdachadh phrògraman ùra Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd agus chosg sinn £9.9m ag ullachadh 454 uairean a thìde bho 26 companaidh riochdachaidd eadar-dhealaichte. Dhen sin, chaidh £8.6m chun na roinne riochdachaidd neo-eisimeilich, mòran dheth an cois pasgan de nithean a bhrosnaicheadh leasachadh tàlant, sgilean agus a' Gàidhlig.

Dhearrb aithisg air buaidh eaconamach gu bheil an ìre mhat 300 cothrom-obrach ann a-nis mar thoradh air gnìomhan MG ALBA, le 40% dhiubh

stèidhichte air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan, tabhartas cudromach ri ìrean cosnaidh agus seasmhachd ceàrnachd le pàirtean a tha air an comharrachadh mar a bhith lag gu h-eaconamach. B' e feart sònraichte den bhliadhna an sealladh a bha a' sior fhàs eadar-nàiseanta a bha aig ar compàirtichean riochdachaidd mar a tha iad ag amas air an sgilean sna meadhanan Gàidhlig a chleachdadh gus compàirteachasan ùra agus modalan gnothachais a stèidheachadh. Sa cho-theacsa seo chuir sinn fòcas làidir air a bhith ag obair gu dlùth le compàrtichean air leasachadh cruthachail agus eaconamach roinn nam meadhanan againn ann an Alba agus thug sinn taic no stiùir sinn prògraman a bha ag altram amas cruthachail le riochdairean Gàidhlig a bhuiteadh dhan dualchas.

## Ionmhais

Chunnacas sa bhliadhna teachd-a-steach airson MG ALBA de £14.0m (2015: £14.4m), le £12.8m (2015: £12.8m) a' tighinn bho thabhartas-gus-cuideachadh Riaghaltas na h-Alba, £1m (2015: £1m) bho Riaghaltas na RA agus £196k (2015: £596k) bho mhaoin phròiseict agus cisean airson seirbheisean agus goireasan.

San Aithris air Teachd-a-steach lomlan aig deireadh na bliadhna bha còrr an déidh chìsean ann de £47k an coimeas ri còrr de £4k ann an 2015.

Tha an Aithris air an t-Suidheachadh ionmhaisail aig deireadh na bliadhna a' sealltann gun robh stoc phrògraman no prògraman a bhathar ag ullachadh ann de luach £3.6m (2015: £3.6m) agus cùl stòr de £175k (2015: £185k), le chèile a réir a' phoileasaidh. Tha gealltanasan

we placed a heavy focus on working closely with partners on the creative and economic development of our media sector in Scotland and supported or led programmes fostering creative ambition from indigenous Gaelic producers.

## Financial

The year saw income for MG ALBA of £14.0m (2015: £14.4m), of which £12.8m (2015: £12.8m) came from Scottish Government grant-in-aid, £1m (2015: £1m) from the UK Government and £196k (2015: £596k) from project funding and charges for services and facilities.

The end-of-year Statement of Comprehensive Income reported a surplus after taxation of £47k compared with a surplus of £4k in 2015.

The end-of-year Statement of Financial

Position shows programmes in stock or in production of £3.6m (2015: £3.6m) and year end cash reserves of £175k (2015: £185k), both in line with policy. Future commitments represent mainly the final 15 months of multi-annual programme supply contracts, due to complete in June 2017.

## Operations

In the year, our channel operations and presentation teams delivered 100 hours of junctions and around 470 hours of broadcast-compliant media to playout. In addition to the operation of fully functioning studio and media management facilities, our technology team completed year two of a three-year project for migration to file-based, High Definition media management, a critical requirement if MG ALBA is to participate fully in national broadcasting provision.

## Outlook for 2016-17

MG ALBA continues to face the future with confidence, based on the knowledge that there is strong demand for Gaelic media product. There is also a sector-wide determination, in which MG ALBA plays a strong leadership role, to grow the creative and collaborative pipeline of opportunity. The year 2016-17 will bring clarity on the BBC's public purposes under the next Royal Charter and in particular on the investment that the BBC will allocate to their Gaelic television, radio and online media services. We commit to developing our partnership with the BBC.

We continue to enjoy strong support from our funder, the Scottish Government, with committed funding to March 2017, and we look forward to agreeing a longer term funding settlement following the election of a

san àm ri teachd a' roichdachadh sa mhòr-chuid nan 15 mìosan mu dheireadh de chunnraighean solar phrògraman ioma-bliadhnaill, a tha ri bhith air an crìochnachadh san Ògmios 2017.

## Obrachadh

Tron bhiadhna, lìbhrig ar sgiobaidhean obrachaidh agus prògraman na seanail 100 uair a thìde de cheangalan agus mu 470 uair a thìde de stuth meadhanan a bha air dearbhadh tro sgrùdadh teicnigeach gu robh e deiseil airson a chur a-mach air an t-seanail. A thuilleadh air a bhith an sàs ann an obair stiùdio làn uidheamaichte agus goireasan rianachd mheadhanan, chrìochnaich ar sgioba teicneòlais an dàrna bliadhna de phròiseact trì bliadhnaill gus gluasad gu rianachd mheadhanan stèidhichte air siostam HD, riatanas cudromach ma tha MG ALBA gu bhith an làn sàs ann an

solar craolaidh nàiseanta.

## Sùil air adhart gu 2016-17

Tha MG ALBA a' leantainn air adhart a' cur aghaidh ris an àm ri teachd le misneachd, stèidhichte air an eòlas gu bheil iartras làidir airson stuthan nam meadhanan Gàidhlig. Tha cuideachd dicheall air feadh na roinne, anns a bheil MG ALBA a' cluich dreuchd ceannardais làidir, gus fàs a thoirt air slighe cothruim a tha cruthachail agus com-pàirteachail. Bheir a' bhliadhna 2016-17 soilleireachd air adhbharan poblach a' BhBC fon ath Chaitri Rioghail agus gu sònraichte a thaobh an t-seilbh a nì am BBC a thaobh an seirbhisean air na meadhanan telebhisein, rèidio agus air-loidhne. Tha sinn dealasach mu bhith a' leasachadh ar com-pàirteachas leis a' BhBC.

Tha sinn a' leantainn oirnn a' faighinn taic làidir bhon bhuidheann maoineachaidh

againn, Riaghaltas na h-Alba, le maoineachadh air a ghealltainn chun a' Mhàirt 2017, agus tha sinn a' coimhead air adhart ri aonta maoineachaidh airson teirm nas fhaide às dèidh dhan Phàrlamaid ùr a bhith air a thaghadh sa Chèitean 2016.

Tha dùil againn ceumannan cudromach a ghabhail a dh'ionnsaigh coileanadh nan amasan a tha air an cur an cèill san lèirsinn againn, Lèirsinn 2021. Tha sinn a' cur cudrom sònraichte air a bhith a' leasachadh an t-solair airson daoine òga, clann agus luchd-ionnsachaidh, a' toirt air adhart tàlant sgirobhaidh agus a' leantainn air adhart ag eadar-nàiseanachadh ar n-earrann chruthachail. Bu chòir gum biodh cothrom air ceangal luath sònraichte a bhith air a lìbhrigeadh ann an 2016-17, agus cumaigh sinn oirnn a' putadh airson an t-aon nì airson ar bunait solair chruthachail agus ar luchd-amhairc

new Parliament in May 2016.

We intend to take significant steps towards the fulfilment of the outcomes set out in our vision, Lèirsinn 2021. We place particular emphasis on improving provision for young people, children and learners, fostering writing talent and continuing to internationalise our creative sector. Access to dedicated high-speed connectivity should be delivered in 2016-17, and we will press for the same for our creative supply base and our viewing base outside urban areas.

MG ALBA fulfilled the most significant targets agreed with Ofcom for 2015-16. However, much work and many opportunities lie ahead for the organisation and for the BBC ALBA partnership.

## Thanks

I would like to thank the staff and board of MG ALBA for their unstinting loyalty and dedication. They are always highly ambitious and highly supportive. We continue to benefit from an excellent and productive partnership with the BBC and we extend our deep appreciation to all BBC staff engaged in partnership with us.

The encouragement we have received from both ministers and civil servants at the Scottish Government has been hugely important for us, and we are very grateful for their long-term support. We hope that we have made the case for continued and enhanced investment as the impact of Gaelic media on our language and our country continues to grow. We also thank the UK Government for their investment over the past two years and in particular officials from DCMS, with whom we hope to find ways

for the UK Government to continue to support Gaelic broadcasting in the future.

Our thanks also to Bòrd na Gàidhlig, Creative Scotland, Comhairle nan Leabhrachain, Sabhal Mòr Ostaig, the Celtic departments of Glasgow, Edinburgh and Aberdeen universities, Highlands and Islands Enterprise, Scottish Enterprise, Scottish Development International and the Producers Alliance for Cinema and Television.

We are also very much indebted to all involved in making Gaelic programmes, to each and every talented person who works off-screen or appears on-screen, for their hard work and professionalism in ensuring the continuing success of the channel.

taobh a-muigh nam bailtean mòra.

Choilean MG ALBA na targaidean a bu chudromaich a chaith an aontachadh le Ofcom airson 2015-16. Ach, tha mòran obair agus iomadh cothrom ron bhuidheann agus ro chom-pàirteachas BBC ALBA.

## Taing

Bu math leam taing a thoirt do luchd-obrach agus do bhòrd MG ALBA airson an dìlseachd agus an dìcheall. Tha iad an-còmhnaidh àrd-amasach agus mòr thaiceil. Tha sinn a' leantainn oirnn a' faighinn buannachd à com-pàirteachas sàr mhath agus tarbhach leis a' BhBC agus tha sinn air leth taingeil do luchd-obrach a' BhBC air fad a tha an sàs sa chom-pàirteachas a tha eadarainn.

Tha a' mhisneachd a tha sinn air fhaighinn bhon dà chuid ministearan

agus seirbheisich chatharra aig Riaghaltas na h-Alba air a bhith air leth cudromach dhuinn, agus tha sinn glè thaingell airson an taic leantainneach a tha iad air a thoirt dhuinn. Tha mi an dòchas gu bheil sinn air an argamaid a dhèanamh airson maoineachadh leudaichte agus leantainneach agus a' bhuaidh a tha aig na meadhanan Gàidhlig air ar cànan agus air ar dùthaich a' sìor fhàs. Tha sinn cuideachd a' toirt taing do Riaghaltas na RA airson am maoineachadh thairis air an dà bhliadhna a chaith seachad agus gu sònraichte oifigearan bho DCMS, agus tha sinn an dòchas le bhith ag obair còmhla riutha gum faigh sinn air dòighean a lorg gus an lean Riaghaltas na RA air adhart a' toirt taic do chraoladh Gàidhlig san àm ri teachd.

Ar taing cuideachd do Bhòrd na Gàidhlig, Alba Chruthachail, Comhairle nan Leabhracinean, Sabhal Mòr Ostaig,

roinnean Ceiltis oilthighean Ghlaschu, Dùn Èideann agus Obar Dheathain, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Iomairt na h-Alba, Leasachadh Alba Eadar-nàiseanta agus PACT.

Tha sinn gu mòr an comain gach neach a bha an sàs ann a bhith a' dèanamh phrògraman Gàidhlig, don h-uile neach tàlantach a tha ag obair air cùl an sgrion no a tha a' nochdadh air an sgrion, airson an dìchill agus am proifeiseantachd ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun lean an t-seanail oirre a bhith soirbheachail.

Tha luchd-amhairc agus luchd-cleachdaidh nam meadhanan aig teis-mheadhan ar cuid-obrach: is e sochair mòr a tha ann a bhith ag obair às ur leth.

Gach beannachd dhuibh uile.

Dòmhnull Caimbeul | Àrd-Oifigear

Viewers and users of Gaelic media are at the heart of what we are about: it is a privilege to be able to serve each and every one of you.

Gach beannachd dhuibh uile.

Donald Campbell | Chief Executive





... generating

45k

hours of original TV

A photograph of a live music performance. A band is on stage with several musicians, including a drummer, a guitarist, and a keyboardist. The stage is illuminated by bright yellow and white spotlights. In the foreground, the silhouettes of many audience members' heads are visible, some with their hands raised in excitement. The overall atmosphere is energetic and celebratory.

Activities & business review

# LÈIRMHEAS AIR GNÌOMHAN & GNOTHAICHEAN

'S e cleastanas MG ALBA dèanamh cinnteach gu bheil raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig rim faotainn airson dhaoine ann an Alba.

Tha MG ALBA a' coileanadh a dhleastanas gu ìre mhòr tro BhBC ALBA, an t-seirbheis telebhisein agus ioma-mheadhain Gàidhlig a tha e a' ruith ann an co-bhanntachd leis a' BhBC. Tha aonta laghail eadar MG ALBA agus am BBC, a tha a' cur an cèill mar a thèid BBC ALBA a ruith leis an dà bhuidhinn agus na stòrasan a chuireas gach buidheann ris a' phròiseact. Tha a' cho-bhanntachd seo air a stiùireadh le Bòrd na Co-bhanntachd le Àrd-Oifigear MG ALBA sa chathair.

Ann an 2015-16, choinnich Bòrd MG ALBA sia tursan, le Magaidh Choineagan sa chathair. Bheachdaich am Bòrd gu mionaideach air

poileasaidhean, ro-innleachdan agus rianachd chunnartan na buidhne. Ghabh am Bòrd comhairle cuideachd bho a Chomataidhean Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus Inbhean agus chuir iad an cèill na nithean a chaidh a mholadh leotha. B' e na priomh chuspairean ris an do dhèilig am Bòrd cunntachalachd ri, agus co-nbrachadh le, priomh luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach Ofcom, Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA; ro-innleachdan gus gealltanasan a sheulachadh a bhiodh fàbharach do chraoladh Gàidhlig agus mar phàirt de dh'ùrachadh Cairt Rioghail a' BhBC; agus a bhith a' leasachadh freagairteachd air feumalachd agus miann luchd-cleachdaidh na Gàidhlig. Ghabh am bòrd pàirt cuideachd ann an trèanadh "On Board", a bhios a' toirt seachad trèanadh practaigeach, taic agus comhairle do bhuill buidhnean poblach.

Tro 2015-16 rinn am bòrd sgrùdadh air a' chiad bliadhna den chùmhant ioma-bliadhna (2014-2017) le riochdairean neo-eisimeileach. Am measg nan nithean cùmhantail air an do bheachdaich an sgrùdadh bha feabhas teicnigeach phrògraman, stuthan foillseachadh phrògraman agus còrdadh luchd-amhairc a thuilleadh air dèanadas ionmhasail agus gnìomhachais nan companaidhean tron chiad bliadhna. Tha am bòrd riaraichte gu bheil na cùmhantant a' leantainn le bhith a' toirt seachad luach an airgid a thuilleadh air toileachas luchd-amhairc.

Cuideachd, bheachdaich agus dh'aontaich am bòrd ro-innleachd MG ALBA airson nam meadhanan Gàidhlig bho 2016-2021 (Lèirsinn 2021). Tha an ro-innleachd seo a' cur air adhart measadh MG ALBA air ciamar as fheàrr a chuireas na meadhanan Gàidhlig ri ath-bheothachadh na Gàidhlig le na

The remit of MG ALBA is to ensure that persons in Scotland are provided with a wide and diverse range of high quality programmes in Gaelic.

MG ALBA fulfils its remit principally through BBC ALBA, the Gaelic television and multi-media service which it operates in partnership with the BBC. MG ALBA and the BBC have entered into a collaboration agreement that sets out the terms on which the two organisations run BBC ALBA, and the resources that they provide to the project. The partnership is overseen by a Joint Management Board, chaired by the Chief Executive of MG ALBA.

In 2015-16, the MG ALBA board met on six occasions, under the chairmanship of Maggie Cunningham. The board considered in detail the policies, strategies and risk management of the organisation. It also took advice

from its Audit & Assurance and Standards Committees, and dealt with the matters raised by them. The main themes addressed by the board were accountability to, and engagement with, key stakeholders, including Ofcom, the Scottish Government and the UK Government; strategies to secure commitments favourable to Gaelic broadcasting as part of the BBC Royal Charter renewal; and improving responsiveness to the needs and aspirations of users of Gaelic. The board also undertook "On Board" training which gives practical training, support and advice to members of public bodies.

During 2015-16 the board carried out a review of the first year of the multi-year (2014-2017) volume deals with independent producers. The review encompassed aspects of the contracts including programme technical quality,

promotions and viewer appreciation as well as the financial and business performance of the companies throughout the initial period of the contract. The board is satisfied that the deals continue to provide value for money as well as targeted audience satisfaction.

The board also considered and approved MG ALBA's strategy for Gaelic media from 2016-2021 (Lèirsinn 2021). This strategy sets out MG ALBA's assessment of how Gaelic media can best contribute to Gaelic revitalisation and the steps required in order for that potential to be achieved. This vision was created with the support and input of partner organisations.

MG ALBA participated enthusiastically in the consultations and inquiries held by the Scottish and UK Parliaments, the UK Government and the BBC Trust on

ceumannan riatanach gus sin a thoirt gu buil. Chaidh an sealladh seo a chruthachadh le taic agus beachdan bho bhuidhnean ùidhe.

Ghabh MG ALBA pàirt gu dìorrasach ann an co-chomhairlean agus ann an rannsachadh air a chumail le Pàrlamaidean na h-Alba agus na RA, Riaghaltas na RA agus Urras a' BhBC a thaobh am BBC agus craoladh seirbheis poblach ann an Alba agus an RA san àm ri teachd agus air miann agus feumalachdan nan gnìomhachasan cruthachail ann an Alba, a' cur a-steach freagairtean mionaideach sgrìobhthe agus a' toirt seachad fianais anns gach pàrlamaid.

Tha MG ALBA air a dhol an sàs ann an aonta co-obrachaiddh dà-bhliadhna le Bòrd na Gàidhlig (BnaG) ann am pròiseact rannsachaidh càinain, 'Corpas', air a mhanaidseadh agus

air fhurastachadh le BnaG le taic ionhasail agus practaigeach bho MG ALBA. 'S e amas 'Corpas' cunbalachd a thoirt air riaghailtean gràmair na Gàidhlig agus frèam-obrach air-loidhne a chruthachadh airson faclair Gàidhlig ùghdarrasail air a stòradh taobh a-staigh structar faclair "LearnGaelic".

Ann an co-chomhairle le Ofcom, tha am Bòrd a' gabhail ri Plana Obrachaidh bliadhnaile a tha cuideachd a' comharrachadh raointean anns a bheil gnìomhan MG ALBA a' cur ri Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba. Tha an coileanadh a rèir Plana 2015-16 air a chur an cèill air duilleig 22 san aithris mu amasan agus toraidhean.

Tha am Bòrd dealasach mu fhàs BBC ALBA. Ann an 2015-16, chuir am Bòrd fòcas air a bhith a' leasachadh dealas na seanail airson a' phriomh luchd-amhairc agus dh'aontaich iad ri dealas

maoineachaidh airson dràma. Lean an 8mh co-fharpais FilmG air adhart a' toirt taic do chom-pàirteachais mheadhanan ann an sgoiltean agus coimhearsnachdan agus lean sinn le bhith a' cur taic ri oileanaich a' dèanamh a' ghlusad a-steach don gnìomhachas agus airson leasachadh proifeiseantach leantainneach cuid de dhaoine sa choimhearsnachd chruthachail.

Tha ar ceannardas agus manaidseadh de LearnGaelic a' faicinn toraidhean, leis a' goireas a' fàs gu làidir. Thèid an goireas a mheudachadh tro na bliadhnaichean air thoisearch le leasachadh a' phròiseact 'Corpas' le Bòrd na Gàidhlig air an deach iomradh a thoirt gu h-àrd.

the future of the BBC and public service broadcasting in Scotland and the UK, and on the aspirations and needs of the creative industries in Scotland, submitting comprehensive written representations and giving evidence in both parliaments.

MG ALBA has entered into a two-year collaborative agreement with Bòrd na Gàidhlig (BnaG) in a linguistic research project, 'Corpus', managed and facilitated by BnaG with financial and practical support from MG ALBA. The aim of 'Corpus' is to standardise grammar rules for Gaelic and to create an online framework for an authoritative Gaelic dictionary stored within the structure of the "LearnGaelic" dictionary.

In consultation with Ofcom, the board adopts an annual Operational Plan, which also identifies areas in which MG ALBA activities contribute to the Scottish

Government's National Outcomes. Performance against the 2015-16 Plan is set out in the statement of objectives and outcomes on page 22.

The board is committed to the growth of BBC ALBA. In 2015-16, the board focused on developing the channel's commitment to programming for the core audience, and approved funding commitments for drama. The 8th annual FilmG competition continued to support media participation in schools and communities and we also continued our support for students making the transition into industry and for the continuing professional development of individuals in the creative community.

Our leadership and management of the LearnGaelic resource continues to reap benefits with the resource growing strongly. This facility will be enhanced in coming years with the development

of the 'Corpus' project with BnaG mentioned above.

26  
companaidhean  
riochdachaiddh eadar-  
dhealaichte



7

20

Cèilidh na bliadhna ùire - air leth  
math le luchd-ciùil ealanta air an  
deagh stiùireadh le Ingrid Henderson  
- 5\* nam bharailsa!!!



8



9



10



11



12



13



14



15



16



17

# AMASAN & TORAIDHEAN

## Objectives & Outcomes

### Amasan OBJECTIVES

#### AR DAOINE IS AR LUACHAN OUR PEOPLE AND OUR VALUES

Cultar de leasachadh agus àrd-mhiann a thogail ann an MG ALBA agus ann an roinn nam meadhanan Gàidhlig

Build a culture of improvement and aspiration in MG ALBA and the Gaelic media sector

### Toraidhean OUTCOMES

MG ALBA – Creideas nar Cosnaichean (Umha), Creideas nar Cosnaichean Òga (Airgead), Aon de na h-àiteachan as fheàrr a bhith ag obair ann an tbh, Iris 'Broadcast'

MG ALBA - Investors in People (Bronze), Investors in Young People (Silver), Broadcast Best Places to Work in TV

Foilseachadh Lèirsinn 2021 – sealladh 5-bliadhna airson nam meadhanan Gàidhlig

Publication of 5-year vision for Gaelic media, Leirsinn 2021

#### NA DAOINE THA SINN A' FRITHEALADH THE PEOPLE WE SERVE

Ann an co-bhoinn leis a' BhBC, seanail telebhisean Gàidhlig aig àrd iре a libhrigeadh do luchd-amhairc ann an Alba mar sheirbheis PSB airson luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus mar ghoireas luachmhor agus feumail dhaibhsan nach eil a' cleachdadadh na Gàidhlig

In partnership with the BBC, deliver a high quality Gaelic language television channel to audiences in Scotland as a PSB service for users of Gaelic and as a valuable and useful resource to non-users of Gaelic

BBC ALBA – ruigse chuibheasach seachdaineach 15%; ruigse seachdaineach le luchd-labhairt na Gàidhlig 74%; iреan àrda de mhothachadh agus còrdadh; libhrigeadh de shreath dràma

BBC ALBA - national weekly reach 15%, Gaelic weekly reach 74%; high awareness and approval levels; delivery of drama series

BBC ALBA – bearнn a' leantainn ann an seirbheis airson an luchd-amhairc (naidheachdan deireadh sheachdain, dràma seasmhach, daoine òga, ionnsachadh)

BBC ALBA - continuing gaps in audience provision (weekend news, sustainable drama, young people, learning)

BBC ALBA – 5.3m seallaidhean air an iPlayer

BBC ALBA - 5.3m iPlayer viewings

## Amasan OBJECTIVES

### AR ROINN CRUTHACHAIL OUR CREATIVE SECTOR

Lìonraidean èifeachdach a thogail agus ro-innleachdan com-pàirteachais a chur an cèill a bheir fàs air àrainneachd mheadhanan Gàidhlig soirbheachail agus cruthachail

Build effective networks and implement engagement strategies that will grow a successful and creative Gaelic media ecology

### AR N-OBAIR TEICNIGEACH AGUS CRAOLAIDH OUR OPERATIONS

Dèanamh cinnteach gu bheil siostaman craolaidh agus IT agus às-chur sruthan-obrach gu daonnan a rêu feumalachdan seanail agus gnìomhachais

Ensure MG ALBA's broadcast and IT systems and workflow outputs meet channel and business requirements at all times

### AR STIÙBHARTACHD AGUS MAOINEACHADH OUR STEWARDSHIP AND FUNDING

Dèanamh cinnteach gu bheil cùisean ionmhasail, lagħail, cùmhantail agus rianail air am manaidseadh agus cuunntasail gu h-èifeachdach; gu bheil gach cosgais airgid a' riochdachadh luach an airgid agus dòighean teachd-a-steach ùra agus maoineachadh phròiseict a leasachadh

Ensure MG ALBA's financial, legal, contractual and organisational affairs are effectively managed and accounted for and that all expenditure represents value for money; and develop new revenue streams and project-based funding

## Toraidhean OUTCOMES

Sàr-shoirbheas FilmG – pròiseact com-pàirteachais meadhanan didseatach

Highly successful digital media participation project, FilmG

Àrdachadh brigheil ann an lionrachadh eadar-nàiseanta, àrdachadh beag ann an sruthan-obrach com-pàirteach

Significant increase in international networking, modest increase in collaborative deal volume

Gluasad IT gu siostam 'cloud-based'

IT Migration to cloud-based system

Targaidean earbsachd coileanta gu ìre 100%

100% reliability targets met

Air an t-slighe cheart airson ùrachadh comas-ceangail, siostam faidhle agus HD

On-track for connectivity, file-based and HD system upgrade

Stiùbhartachd ionmhasail, cunntalachd agus dleastanas lagħail eile air an coileanadh

Financial stewardship, accountability and other legal obligations met


Maoineachadh pròiseict air a choileanadh airson dràma agus 76% den targaid air a choileanadh airson co-mhaoineachadh eadar-nàiseanta

Project-based funding achieved for drama and 76% of target achieved for international co-finance




A review of BBC ALBA and other Gaelic media in Scotland

# LÈIRMHEAS AIR BBC ALBA AGUS MEADHANAN GÀIDHLIG EILE ANN AN ALBA



Tha Bannan tarraingeach agus tha e cho math  
drama iur a bhith againn





20



21



22



23

## Luchd-amhairc

Chunnaic 2015-16 àrdachadh san àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig a tha a' coimhead BBC ALBA, suas bho 73% gu 74% (ruigse seachdainneach 15-mionaid). Thuit ruigse chuibheasach seachdaineach gu nàiseanta beagan, bho 16% gu 15%, mar a thuit mothachadh nàiseanta na seanail, ach tha ìrean mothachaidh agus uairean de thìde air an coimhead air feadh Alba seamhach no a' sealltainn àrdachadh beag.

B' e "Cridhe na Cùise" cuspair foillseachadh clàr foghair na bliadhna seo, agus gu dearbha dh'innis ar prìomh luchd-amhairc Gàidhlig dhuinn gu robh iad air an dòigh le gach cuid feabhas agus farsaingeachd BBC ALBA air a' bhliadhna seo. Chaith **Bannan** (Young Films) air adhart bho neart gu neart agus thàinig luchd-amhairc dìleas gu ruige

na seanail gus prògraman leithid **An Lot: The Croft** (macTV) agus **Balaich a' Bhìobaill: Bible Boys** (BBC Gàidhlig) fhaicinn. Aig cridhe ar prògraman aithriseach, bha **An Là, Eòrpa** (BBC Gàidhlig) agus **Trusadh** (macTV), chan eil tarraig **Am Mòd** (BBC Gàidhlig) a' sealltainn lùghdachadh sam bith agus bha **Cèilidh na Bliadhna' Ùire: Hogmanay Cèilidh** (BBC Gàidhlig) aithnichte le ar priomh luchd-amhairc mar am prògram as fheàrr bho phrògraman na Bliadhna Ùire a chaidh a dhèanamh a-riamh.

## Aithriseach/ Dibhearsain Aithriseach

Chaith fàilte chridheil a chuir air Mairi NicRisnidh agus **Fuine: Baking** (Caledonia TV) air ais gu clàr BBC ALBA far an d' fhuairear biadhan blasta agus brosnachadh airson an dà chuid còcairean amaitearach agus èasgaidh.

Ann an **Leugh Mi: Book Show** (BBC Gàidhlig), sreach stiùdio ùr, bha Anna Nicleòid a' còmhradh ri dithis neach gach seachdain mu na leabhrachean as fheàrr leotha. Le gach neach a' moladh aon dhiubh sin dhan duine eile airson a leughadh, thàinig còmhradh gu leòr agus leabhrachean air leth gu aire an luchd-amhairc! Gu saoghal gu tur eadar-dhealaichte gniomhachas na h-ola, choinnich sinn ri luchd-obrach **Air na Rigs: Life Offshore** (Midas Media), air a' chlàr-ola as mothà san Rìoghachd Aonaichte 'Buzzard', agus an clàr-ola as ùire sa Chuan a Tuath 'Golden Eagle'.

Fhuair sinn gàire gu leòr le **An Dùbhlann: Sanjeev Kohli does Gaelic** (HG Productions) far an deach an comaig, an cleasaiche, agus an sgrìobhadair an sàs ann an Gàidhlig ionnsachadh. Chunnaic sinn mar a chaidh cùisean thairis air sia mìosan fhad 's a bha e ag obair a dh'ionnsaigh prògram ciùil air fad a libhrigeadh air BBC Radio nan Gàidheal.

## Audiences

2015-16 saw a rise in viewing of BBC ALBA by Gaelic-speaking audiences, up from 73% to 74% (weekly 15-minute reach). Average national weekly reach fell slightly from 16% to 15%, as did national awareness of BBC ALBA, but Scotland-wide measures of appreciation and hours watched were either stable or showing slight growth.

Our Autumn launch this year used the strapline "Cridhe na Cùise: Heart and Soul" and indeed our heartland Gaelic audience let us know their delight at both the quality and breadth of the BBC ALBA offering this year. Our drama series, **Bannan** (Young Films) really got into its stride, new series like **An Lot: The Croft** (macTV) and **Balaich a' Bhìobaill: Bible Boys** (BBC Gàidhlig) brought loyal and appreciative audiences. **An Là, Eòrpa** (BBC

Gàidhlig) and the ever-fresh **Trusadh** (macTV) series formed the bedrock of our factual offering, the longstanding appeal of **Am Mòd** (BBC Gàidhlig) is not diminishing and this year's **Cèilidh na Bliadhna' Ùire: Hogmanay Cèilidh** (BBC Gàidhlig) was widely recognised by the core audience as the best-ever of our New Year shows.

## Factual/Factual Entertainment

Mairi MacRitchie and **Fuine: Baking** (Caledonia TV) made a very welcome return to the BBC ALBA schedule to offer tasty treats and culinary inspiration to armchair and active cooks alike. A new studio series was presented by Anna MacLeod, **Leugh Mi: Book Show** (BBC Gàidhlig), joined by two guests who share their favourite books and offer a recommendation to their fellow guest. Great conversation and an endless

list of brilliant reads ensued! From the escapism of the novel to the exertion and adventure of life off-shore, **Air na Rigs: Life Offshore** (Midas Media), joined drillers and deckhands, caterers and controllers in a fascinating glimpse behind the scenes into working offshore on the largest North Sea oil platform 'Buzzard', and on the newest platform in the North Sea 'Golden Eagle'. **An Dùbhlann: Sanjeev Kohli does Gaelic** (HG Productions) delivered laughs aplenty as the acclaimed Scottish comedian, actor and writer turned his hand to learning Gaelic. Over the course of six months Sanjeev embraced the Gaelic world with gusto and worked hard to meet his self-imposed challenge of presenting a music show on BBC Radio nan Gàidheal. **Eileanan Fraoch and Bailtean Fraoch: Heather's Islands and Heather's Towns** (Caledonia TV) returned with Heather Dewar exploring some of Scotland's Hebridean island

Bha Heather Dewar air ais le **Eileanan Fraoich agus Baltean Fraoich: Heather's Islands and Heather's Towns** (Caledonia TV), a' dol air feadh coimhleasachdan Eileanan Siar na h-Alba a' coinneachadh riuthasan aig teis-meadhan na coimhleasachd. San t-sreath ghoirid **Air an Smùid: Steaming** (Caledonia TV) chunnaic sinn an strì gus seann VIC 27 – pufair a bha 66 bliadhna a dh'aois – a shàbhalaigh mus tuit i às a chèile. Air a toiseach tha an t-ainm Vital Spark – bhon àm a bha i ainmeil mar rionnag ann an sreath a' BhBC, "The Tales of Para Handy".

Thug **Trusadh** (macTV) dhuinn roghainn fharsaing de phrògraman thairis air a' bhliadhna, nam measg sùil air a' cheangal dlùth, leantainneach eadar mac an duine agus an cuid coin. Fhuair sinn sealladh cuideachd air cò ris a bha e coltach a bhith beò le tinneas an t-siùcar. Tha cliù sònraichte aig muinntir

Eilean Leòdhais 's iad a' togail barrachd airgid airson carthannasan na àite sam bith eile ann am Breatainn agus ann an **Coibhneas na Coimhearsnachd: An Island that gives** bha a' cheist ga cur Carson a tha na daoine seo cho còir. Tha aran na phriomh phàirt de dhòigh-ithè ionadach neach agus ann an **Trusadh** thug Alasdair MacLeod thugainn sgeul a' bhidhe iriosail seo. Thàinig traidisean, sgilean ciùird agus creideamh còmhla ann an **Geansaidh a' Phàpa: The Pope's Eriskay Jumper**. Tha meas air a bhith aig Mairibell Nic an t-Saoir à Uibhist a Deas fad a beatha do dhualchas fighe Èirisgeach agus aig toiseach 2015, 's i air a misneachadh le lèirsinn agus mothachadh a' Phàpa ùir, thòisich i air Geansaidh Èirisgeach a dhealbhaich i airson 'lasgair nan Daoine' fhèin, le dòchas a thoirt dha mar phreasant Càisge sa Vatican san Ròimh. Le 30 bliadhna bho chaidh a' chìad phrògram ann an sreath ùr de phrògraman

Gàidhlig chloinne – **Dòtaman** – a chraoladh, 's beag fios a bh' ann aig an àm cho soirbheachail 's a bhiodh am prògram agus am priomh neach-aithris, Donnie 'Dòtaman' MacLeod. Dh'fhàs e gu bhith na aon de na prògraman tbh. Gàidhlig a b' ainmeile a bh' ann agus ann an **Dòtaman@30** fhuair sinn an sgeulachd seo.

Ann an sreath ùr, **Balaich a' Bhòbaill: Bible Boys** (BBC Gàidhlig), lean BBC ALBA oileanaich a bha air ùr-thòiseachadh air ceum diadhachd ann an Seimeanaraidh Diadhachd Dhùn Èideann, le trì bliadhna romhpa de leabhraichean, aisteann, searmonachadh agus deuchainnean – agus beagan spòrs agus fealla-dhà cuideachd! Thill **Cobhair Chloinne: Paediatric Retrieval Service** (Bees Nees Media) le sreath ùr le tuilleadh bhon roinn shònraichte seo de Sheirbheis Nàiseanta na Slàinte ann an Alba. Lean sinn an sgioba sònraichte

communities and small towns meeting those at the centre of local life. **Air an Smùid: Steaming** (Caledonia TV) was a short series following the battle to save the VIC 27 - a 66 year old puffer - from the scrap heap. On her rusty bow she bears the name Vital Spark - a throwback to her glory days as star of the BBC's "The Tales of Para Handy".

The **Trusadh** series (macTV) delivered an eclectic mix of single documentaries over the period which included a quirky and gentle look at the special enduring bond many have with their canine companions. A health special coinciding with Diabetes Awareness week gave the audience a glimpse into what life is like for those living with the illness. **Coibhneas na Coimhearsnachd: An Island that gives** delved into the topic of charities as the people of the islands enjoy a very special reputation for raising

more money for charity than any other part of Britain. Bread is a daily staple in many diets and **Trusadh** recruited culinary enthusiast, Alasdair MacLeod, to help tell the story of the humble loaf. Tradition, craft skills and faith came together in **Geansaidh a' Phàpa: The Pope's Eriskay Jumper** as Marybell MacIntyre from South Uist, knitter and tradition-bearer, undertook a labour of love to create a unique Eriskay jumper and journeyed to Rome in the hope of being able to meet and present this special gift in person to Pope Francis. Another celebration featured in **Dòtaman@30** with the iconic Gaelic children's programme marking its 30<sup>th</sup> birthday. Over the years the show and its charismatic presenter, Donnie 'Dòtaman' MacLeod have gained cult status with generations of Scottish audiences, and still remains one of the most recognisable Gaelic TV brands!

New observational documentary series, **Balaich a' Bhòbaill: Bible Boys** (BBC Gàidhlig) followed a new intake of students at the Edinburgh Theological Seminary as they grappled with the challenges of Hebrew and Greek combined with developing the pastoral skills to serve 21<sup>st</sup> century Scotland and the powerful returning series **Cobhair Chloinne: Paediatric Retrieval Service** (Bees Nees Media) filmed with the Paediatric Retrieval Teams based at Glasgow's Royal Hospital for Sick Children, Yorkhill and Edinburgh's Royal Hospital for Sick Children, who provide a life-saving service to the remotest parts of Scotland. **Mnathan-glùine: Highland Midwives** (Eyeline Media) also returned with a new series providing a glimpse of the remarkable work of midwives across the Highlands. The series included unique, intimate footage of labour and birth filmed by

I wish to say how much I am enjoying "The Croft" currently being broadcast on BBC Alba. I picked up this program via iplayer. ... but the provision of sub titles, together with the delightful sounds of the Gaelic language, has made this a must see programme for me...

55



25



26



27



28

seo de dhotairean is bhanaltraman speisealta is iad a' dùnamh cinteach gu bheil clann a' faighinn an cobhair a tha a dhìth orra, ge bith cait' a bheil iad an Alba. Chunnaic sinn sreach eile de **Mnathan-glùine: Highland Midwives** (Eyeline Media), a' toirt sealladh air an obair ionmholta a tha mnathan-glùine a' dùnamh air feadh na Gàidhealtachd, le clàraighean air leth dlùth de shaothair-chloinne a chaidh a thogail leis na mnathan-glùine fhèin air an sealltainn. Lean sinn mhnathan-glùine ann an iomadach suidheachadh agus chunnaic sinn mar a ghabh iad ceumannan a bharrachd gus cùram a thoirt dha na màthraighean agus dhan leanabh a tha gus nochdadh, eadar Ceann Loch Cille Chiarain agus an t-Eilean Sgitheanach. B'e **An Lot: The Croft** (macTV) fear de na prògraman as mothà a chòrd ri ar priomh luchd-amhairc. Tha Dòmhnaill MacSuan – no Sweeny mar as fheàrr a dh'aithnichear e – na chroitear à

Leòdhais le miann sònraichte. Na Niseach pròiseil, tha e an-dràsta ag obair pàirt-ùine, ach bu mhath leis sin atharrachadh gu tur agus barrachd ùine a chur seachad anns an àite as bòidhche fon ghrèin na bheachd-san - Nis, gus a bhith na chroitear làn ùine. Lean sinn e thar bliadhna san t-sreath seo 's e a' feuchainn a rùn shònraichte a thoirt gu buil.

Thug prògraman aithriseach shingilté buaidh mhòr air ar luchd-amhairc tron bhliadhna le **Jim Baxter** (purpleTV) a' toirt thugainn sgeulachd dlùth air beatha phearsanta agus phroifeiseanta fear de na cluicheadairean Albannach as fheàrr a bh' ann. Thug **The Famous Five** (purpleTV) thugainn an sgeulachd iongantach aig Smith, Johnstone, Reilly, Turnbull agus Ormond - an loidhne-aghaidh iomraiteach no am "Famous Five" aig Hibernian FC a chuir ball-coise na h-Alba fon casan sna bliadhnaichean

às dèidh an dara cogaidh. Bho chionn deich bliadhna, chuir Ionatan MacÌomhair à Leòdhais air chois 'The Gambia Partnership', buidheann charthannais Chriosdail, gus taic a thoirt do chloinn ge bith cò iad no dè an creideamh a bh' aca agus chunnaic sinn toraidhean na h-obrach seo ann am

#### **Feachdan Ionatain: Jonathan's Army**

(Corran Media). Bha Ionatan MacÌomhair os cionn an sgioba a chaidh a bhaile beag Kabakel airson sgoil a thogail taobh a-staigh seachdain. A' siubhal air feadh Gàidhealtachd na h-Alba tha buaidh an neach-ealain John Lowrie Moireasdan, no Jolomo follaiseach. Chuir **Dealbhàdair nan Daoine / Jolomo** (Eyeline Media) a' phrosbaig air an duine, a chreideamh agus an ealan aige, a tha a' dùsgadh beachdan gu math diofraichte. Sheall **Cluinneam: Switch On** (Matchlight) an obair ionmholta aig Ionad Cochla Fuadain na h-Alba aig Ospadal Crosshouse ann an

midwives themselves. Across various locations and a variety of situations we saw the midwives go the extra mile to care for mothers and their impending arrivals from Campbeltown to the Isle of Skye, and specialist units in Edinburgh and Inverness. One of the biggest hits this year with our core audience was **An Lot: The Croft** (macTV) attracting much audience comment and appreciation as we watched Donald MacSween strive to make his croft in Ness on the Isle of Lewis profitable.

Single documentaries make a big impact on our audience throughout the year with **Jim Baxter** (purpleTV) providing an intimate portrayal of the personal and professional life of one of Scotland's greatest footballers. **The Famous Five** (purpleTV) was a celebration of Hibernian FC's legendary post-war forward line. An international aid project was the subject

of **Feachdan Ionatain: Jonathan's Army** (Corran Media). Ten years ago, Jonathan Maciver from Lewis and some friends established the Gambia Partnership, a Christian charity aimed at improving the lives of ordinary people in Africa. In 2014 they embarked on a project to establish a brand new school in a remote rural village. Charity work is also core to the mission of artist John Lowrie Morrison. **Dealbhàdair nan Daoine - Jolomo** (Eyeline Media) explored the man and his art as well as the diverse reactions it provokes. Scotland's most iconic landscape artist is also a lay preacher in the Church of Scotland. **Cluinneam: Switch On** (Matchlight) also offered a powerful and emotional perspective on patients undergoing cochlear implant surgery.

A number of profile documentaries were broadcast including a very short hour in the company of one of Gaeldom's

great characters, Rona Lightfoot, in **Rona - Dileab Chlann Eardsaigh Raghnail** (Bees Nees Media). We also joined Peigi Wood in **Peigi Wood - na Bannan** (Sealladh TV) and discovered the people and places that shaped the life of this energetic and charismatic actress.

#### **Drama**

**Gaoil@Gael** (The Woven Thread) certainly leavened the schedule with its second series accompanying self-appointed matchmaker Muriel Scott as she attempted to expand her online dating empire with six new and hopeful singles, including chambermaids and gym-bunnies, each looking for love. The series also featured the accumulated real-life wisdom of couples and singletons on most of the important questions about love and life.

Cille Mheàrnaig. Seo sgeulachd chuid a th' air slighe air leth mhìorbhaileach agus iad an dòchas an claisneachd fhaighinn air ais.

**Ann an Rona - Dileab Chlann Eardsaigh Raghnail** (Bees Nees Media), fhuair sinn dealbh air beatha an t-sàr bhana-phiobaire, Rona Lightfoot à Uibhist a Deas a tha air aithne a chosnadh mar sheinneedair, mar phiobaire a rinn mòran gus taisbeanadh beairteas a stòras de bheul-aithris, ceòl agus òrain Ghàidhlig. Chaidh sinn ann an cuideachd **Peigi Wood - na Bannan** (Sealladh TV) far an d' fhuair sinn a-mach mu na bannan coimhlearsnachd is teaghlaich aig Peigi 's i a' tadhail air na h-àiteachan a tha air dreach a chur air a beatha, agus i a' cuimhneachadh air na daoine a thug neart is misneachd dhi.

## Dràma


Thàinig an dàrna sreach den chomadaidh **Gaol@Gael** (The Woven Thread) chun sgrion far an robh Muriel Scott, air a cluich leis a' bhana-chleasaiche agus an seirneadair cliùiteach Kathleen NicAonghais, cho bragail 's a bha a-riamh agus i a' tilleadh leis a' ghniomhachas gaoil air-loidhne a bha i air a stèidheachadh do Ghàidheil 's do dh'Eileanaich.


A' leantainn soirbeas prògraman 2014, thill an sreach dràma **Bannan** (Young Films) airson dà shreath de chòig prògraman san t-Sultain agus san Fhaoilleach agus bha pailteas a' dol ann an Camus! Thill Màiri agus Alasdair chun an eilein le fiughair ach cha robh Alasdair deònach na bannan aige leis a' bhaile mhòr a ghearradh agus chuir rùn dìomhair an dàimh aca ann an cunnart. Chuir sinn fàilte air caractaran

ùra le Raonaid a' faighinn obair na bheat agus Nebhada, a' bhan-Ameireaganach bhragail, bhrèagha air nochdadh son sùil a chumail air Donneil. Thill Sarah Jane dhachaigh às a' bhaile mhòr, le Isla, nighean a peathar, air a sàil. Bha Màiri is Sarah Jane nan dlùth charaidean nan òige ach cha robh Sarah Jane ro thoilichte Màiri fhaicinn a-rithist. Rinn seo dragh do Mhàiri agus i airson faighinn a-mach carson a thàinig an càirdeas aca gu crich cho obann. Tha freagairt Sarah Jane a' cur fior iongnadh air Màiri.

## Ceòl, Tachartasan agus na h-Ealain

Cha do chuir droch shìde samhradh 2015 bacadh sam bith air na bha de cheòl ri fhaighinn air BBC ALBA. Mar phàirt de shubhachas Là Ciùil a' BhBC thug BBC ALBA agus Radio nan Gàidheal prògraman air leth chun luchd-amhairc, nam measg sùil air tasglann





ciùil le Julie Fowlis ann an **Stòras** (Bees Nees Media), tachartasan ciùil beò aig 'The Quay' le Linda NicLeòid ann an **Cèòl air Abhainn Chluaidh** (Bees Nees Media) agus chuir sinn eòlas air an luchd-ciùil òga, ùra a tha a' cosnadh clù dhaibh fhèin le Emma air **Rapal** (BBC Gàidhlig).

Stoirmean ann no às, bha **Fèis Chiùil Thiriodh** (Bees Nees Media) air BBC ALBA airson a' chiad uair a-riamh. Thug Sarah Cruickshank agus Vicky Kilgour thugainn sàr-thaghadh na fèise, le cèòl bho The Urban Teuchters, The Fratellis, gaisgich an eilein fhèin Skerryvore agus Mànran. Chuala sinn am buille-cridhe thartain aig **Belladrum** (BBC Gàidhlig) thairis air trì là, le Niall Iain Dòmhnullach agus Fiona NicChoinnich a' toirt thugainn ceòl air leth bho The Proclaimers, The Stranglers agus The Kaiser Chiefs, far an do chuir iad fàilte air na h-aoighean chun charabhan

spaideil aca!

Fo stiùir Gilleanbaig Fearghasdan le Ruaraidh Rothach agus Carina NicLeòid air ceann nan sgioabaidhean, thug **Fonn Fonn Fonn** (Moja TV) dhuinn an t-sreath a tha a' dearbhadh eòlas-ciùil na th' air aoigheachd. Is dòcha nach robh e ceòlmhor ach cha robh e sàmhach!

Bha Celtic Connections, an fhèis ciùil geamhraidh as mothà san t-saoghal, ri fhaicinn air BBC ALBA le **Seirm** (Bees Nees Media). Air a lìbhrigeadh le Màiri Anna NicUalraig, chaidh a chlàradh air beulaibh luchd-èisteachd ann an àrainneachd dhrùidteach Cottiers Theatre, le cèòl bho Adam Cohen, Màiri NicAonghais, Danu, the Mischa Macpherson Trio & Lahore Cèilidh Mòr, Luka Bloom, The Allan Kelly Gang, The California Feetwarmers agus Breabach.

Thàinig **Cèòl Country** (mneTV) gu

luchd-amhairc bho Fhèis Ceòl Country Nashville Ghallaibh, a tha air duais chliùiteach a bhuanachadh, le còmhla agus seinneadairean à Ameireagaidh, Èirinn agus an tàlant as fheàrr à Alba.

Ann am **Mòd 2015** (BBC Gàidhlig), thàinig goireasan BBC ALBA, BBC Radio nan Gàidheal agus air-loidhne còmhla gus na pòimh fharpaisean agus measgachadh de phrògraman a thoirt chun luchd-coimhidh bhon phòimh thaisbeanadh de chultar na Gàidhlig san Òban.

Ann an **Cèòl bho Perthshire Amber** (Butterstone Productions) fhuair sinn taghadh bho Fhèis Perthshire Amber le Dougie MacIallEathain agus Rachel Sermanni am measg nan seinneadairean agus luchd-ciùil.

Thug **Cuimhneachan: Remembrance** (BBC Gàidhlig) thugainn taghadh den

Following successful pilot episodes in 2014 the drama series **Bannan** (Young Films) returned for two series of five programmes each, airing in September and January. In the Autumn we saw Màiri and Alasdair leave the city to set up home on the island. But Alasdair was reluctant to sever his links with the city, and a dark secret put their relationship into jeopardy. New characters arrived in the shape of Raonaid, the vet, and Nebhada, DonNeil's estranged American wife. In the most recent series of Bannan, Màiri was reunited with an estranged friend Sarah Jane whose reticence led Màiri to question how well she really knew those closest to her. Donna and Finlay continued to spend money they didn't have with devastating consequences. Elsewhere, romance blossomed between Anndra and Ciorstaidh but Iain's loyalty was tested to the limit, whilst newcomer Isla created a stir with her arrival in Camus.

## Music, Events and Arts

The unseasonal weather across the most part of the Summer of 2015 didn't dampen BBC ALBA's fantastic music festival coverage across June, July and August. As part of the BBC's Music Day celebrations BBC ALBA and Radio nan Gàidheal delivered a tremendous range of programmes including a dive into the music archive with Julie Fowlis in **Stòras** (Bees Nees Media), live music events at The Quay with Linda Macleod with **Cèòl air Abhainn Chluaidh** (Bees Nees Media) and the hottest young musicians with Emma on **Rapal** (BBC Gàidhlig).

BBC ALBA joined the festival goers who braved the storm in Tiree to offer the first ever TV coverage of this new music festival. Sarah Cruickshank and Vicky Kilgour hosted **Fèis Chiùil Thiriodh** (Bees Nees Media) highlights which included the TV debuts of music

act, The Urban Teuchters as well as more established favourites such as The Fratellis, local heroes Skerryvore and Mànran. The Tartan Heart of **Belladrum** (BBC Gàidhlig) beat over an extra day this year and BBC ALBA's three-day coverage fronted by Niall Iain MacDonald and Fiona Mackenzie delivered both epic performances from headliners The Proclaimers, the Stranglers and Kaiser Chiefs as well as humorous and intimate caravan moments with the stars!


In **Fonn Fonn Fonn** (Moja TV), quizmaster, Gilleanbuig Ferguson and team captains Ruairidh Munro and Carina Macleod returned to test the musical knowledge and wit of their guests. Resident musician Findlay Napier took his ukulele playing to new heights as the teams tried to impress him with their very disparate skills. New music series **Seirm** (Bees Nees



38



40



39



34

Media), presented by Mary Ann Kennedy filmed in the atmospheric Cottiers Theatre before an audience during the Celtic Connections music festival in January 2015, featured performances from the best of the festival alongside some unique international musical collaborations. Artists included Adam Cohen, Mairi MacInnes, Danu, the Mischa Macpherson Trio & Lahore Cèilidh Mòr, Luka Bloom, The Allan Kelly Gang, The California Feetwarmers and Breabach.

**Ceòl Country** (mneTV) came from the award-winning 2015 Northern Nashville Caithness Country Music Festival with performers from the USA, Ireland and the best Scottish talent.

**In Mòd 2015** (BBC Gàidhlig), the resources of BBC ALBA, BBC Radio nan Gàidheal and online came together to offer extensive, worldwide coverage

of the best of Scotland's premier celebration of Gaelic culture, the Royal National Mod which took place in Oban.

#### **Ceòl bho Perthshire Amber**

(Butterstone Productions) saw a selection of performances from the Perthshire Amber Festival including Dougie MacLean and Rachel Sermanni.

#### **Cuimhneachan: Remembrance**

(BBC Gàidhlig) offered a new musical interpretation of the Gaelic poetry of WWI. The remarkable stories behind the poems were shared and they were performed by some of Scotland's finest Gaelic singers: Art Cormack, Linda MacLeod, Murdo MacDonald and Robert Robertson, with Ingrid Henderson as musical director.

**Our Ceilidh na Bliadhna' Ùire: Hogmanay Cèilidh** (BBC Gàidhlig) presented by Cathy MacDonald and

Kirsteen MacDonald came live from The Byre at Inchyra in Perthshire with a host of fantastic musicians and guests. The focused editorial and quality of the programme attracted much audience appreciation on one of the most hotly contested slots of the year. And on New Year's Day 2016 the cèilidh continued to the skirl of the pipes of **Pìobairean Beaga Bhaile Ghobhainn: The Wee Govan Pipers** (Media Co-op), a documentary featuring a multi-cultural new pipe band, mentored and tutored by former police pipers.

## Sport

This year has seen the final stage of two high-profile national sporting journeys on BBC ALBA, captured by our cameras (mneTV) and brought to a Scotland-wide audience over a period of years. Both journeys featured Glasgow-based teams - one journey involved Glasgow

bheairteas de dh'òrain agus bhàrdachd Ghàidhlig a chaidh a dhèanamh aig àm a' Chiad Chogaidh agus às a dhéidh. Bha Art MacCarraig, Linda NicLeòid, Murchadh Dòmhnaillach agus Raibeart MacDhonnchaidh a' seinn taghadh de dh'òrain à iomadh ceàrn den Ghàidhealtachd agus na h-eileanan le Ingrid Henderson na stiùiriche ciùil.

**Thàinig Cèilidh na Blìadhna' Ùire:**  
**Hogmanay Cèilidh** (BBC Gàidhlig) beò am-bliadhna à Siorrachd Pheirt bhon A' Bhàthach, An Innis larach. Chòrd am prògram gu mòr ris an luchd-amhairc agus gu dearbha 's e fear de na prògraman as fheàrr a chòrd ri daoine thairis air prògraman air seanailean eile aig an àm seo. Agus air Là na Blìadhna' Ùire 2016, lean a' chèilidh le **Pìobairean Beaga Bhaile Ghobhainn: The Wee Govan Pipers** (Media Co-op) – le gàire agus spionadh am pailteas, lean am prògram còmhlan pìoba ùr,

ioma chultarail, air an teagast le seann pìobairean phoilis.

## Spòrs

Am-bliadhna, thug mneTV thugainn sgeulachd deireadh turas aig dà sgioba nàiseanta air BBC ALBA. Air a thoirt gu luchd-amhairc air feadh Alba, chunnait sinn mar a chaidh do Glasgow Warriors agus Glasgow Rangers.

Chan eil rugbaidh proifeiseanta ann an Alba a-riamh air an ìre cho àrd a ruighinn 's a bhathas an dùil a rèir eachdraidh mar spòrs neo-phroifeiseanta. Ann am farpais PRO12 agus na farpaisean a bh' ann roimhe, cha do shoirbhich le sgiobaidhean Albannach, le na sgiobaidhean Cuimreach air a dhol bho neart gu neart agus na sgiobaidhean Èireannach air a dhol am meud ann am farpaisean Eòrpach. Gu dearbha, bha cuid de luchd-aithris a' ceasnachadh

an robh an dòigh-smaoineachaidh a dh'fheumar airson buannachadh aig àrd ìre de spòrs phroifeiseanta aig na sgiobaidhean Albannach. Ach sa bhliadhna no dhà mu dheireadh tha luchd-amhairc BBC ALBA air atharrachadh fhacinn – atharrachadh air a bhrosnachadh le ginealach ùr de chluicheadairean agus manaidsearan. Thàinig an t-atharrachadh seo gu ceann le Glaschu a' cosnadh duais PRO12 ann an 2014-15 agus lean seo le cluich làidir tro sheusan 2015-16 air gach cuid BBC ALBA agus BBC Two Scotland.

"From the Hedge to Hampden" – sin na briathran a chleachd Derek MacAoidh, neach-aithris spòrs BBC ALBA, 's e a' toirt iomradh air turas iongantach ceithir bliadhna sgioba ball-coise Rangers gu ruige an aona dhuais Albannach aig àrd ìre nach do bhuanach sgioba Ibrox a-riamh. A' tòiseachadh aig Pàirc Glebe san luchar 2012, far an

Warriors, the other journey involved Glasgow Rangers.

Professional rugby in Scotland has never reached the heights hinted at by its previous history here as an amateur sport. In the PRO12 and the precursors to the PRO12, Scottish teams have failed whilst Welsh teams have blossomed and Irish teams have scaled European heights. Indeed some commentators questioned if Scottish teams lacked the kind of winners' mentality needed for high-level professional sport. But over the last few years viewers of BBC ALBA have been able to discern a journey of change - change driven by a talented new generation of players and by clever, sure-footed management. The culmination of this change saw Glasgow crowned PRO12 Champions for 2014-15 and continue with strong performances throughout season 2015-16 on both

BBC ALBA and BBC Two Scotland.

"From the Hedge to Hampden" was how Derek Mackay, the BBC ALBA sports commentator, described the remarkable four-year journey of Rangers FC towards the only Scottish senior honour the Ibrox side had never won. Starting at Glebe Park in July 2012, where our cameras captured a wonderful image of the match ball stuck high on the top of Brechin's famous beech hedge, Rangers' journey towards SPFL Challenge Cup success finally ended with a 4-0 win over Peterhead in April 2016 at Hampden Park in front of 50,000 fans.

Women's football is another area of sport where growth and excellence are going hand in hand. In early November, BBC ALBA broadcast our first ever live Scottish Women's Cup Final featuring the two form football teams of the

season, Glasgow City and Hibs. City deserved their 3-0 victory on a cold, wet day in Edinburgh. With exclusive live coverage, we are also following the progress of the table-topping Scotland Women's team as they edge closer and closer to a place in the Euro 2017 Finals in the Netherlands.

Discovering new things on BBC ALBA isn't unusual and last summer was no different as live action from the World Orienteering Championships was added to the schedules. 450 of the world's best orienteering athletes from 50 nations competed in Forres, Nairn, Darnaway and Glen Affric from 31<sup>st</sup> July to 7<sup>th</sup> August.

Another first this year for BBC ALBA was our broadcasting over eight days of the Perth Curling Masters - the Men's International Masters in January and the Women's International Masters in

do ghlaic ar camarathan an iomhaigh iongantach den bhàlla steigte air callaid ainmeil Bhrechin, thàinig turas Rangers gu crioch le soirbheas ann an Cupa Dùbhlan na h-Alba an SPFL, far an do ghabh iad 4-0 air Ceann Phàdraig sa Ghiblean 2016 aig Pàirc Hampden air beulaibh 50,000 luchd-leantainn.

Tha ball-coise nam ban cuideachd na spòrs a tha a' faicinn fàs agus sàrmhathas. Tràth san t-Samhain, chraol BBC ALBA a' chiad chuairt dheireannach beò bho bhall-coise nam Ban, le na sgiobaidhean a bh' air a dhol am meud air an t-seusan - Glasgow City agus Hibs. Bha City airidh nuair a bhuanach iad 3-0 air là fuar, fliuch ann an Dùn Èideann. Air a chraoladh beò air BBC ALBA a-mhàin, thathar cuideachd a' leantainn ciamar a tha a' dol dha sgioba Albannach nam ban, 's iad a' dol nas fhaisg, beag air bheag, air àite ann an cairtean dheireannach Euro 2017

san Tir ìosal.

Tha nithean ùra rin lorg fad na tide air BBC ALBA agus bha sin follaiseach as t-Samhradh an-uiridh, far an deach Co-fharpais Sligheadaireachd na Cruinne a chuir ris a' chlàr-ama. Bha 450 lùth-chleasaiche bho 50 dùthaich ri farpais an aghaidh a chèile ann an Farrais, Inbhir Narann, Darnaway agus Gleann Affric bho 31 luchar gu 7 Lùnastal.

A-rithist, airson a' chiad uair a-riamh air BBC ALBA, thairis air ochd là thug sinn Farpais Crolaith Pheairt 2016 – Masters nam Fear san Fhaoileach agus Masters nam Ban sa Mhàrt – gu luchd-amhairc. B' e Eve Muirhead agus a sgioba a bhuanach a' cho-fharpais sin mu dheireadh thall.

Bho thus, tha frithealadh an luchd-amhairc air a bhith na phrìomhachas aig BBC ALBA ach sna bliadhnaichean

mu dheireadh tha sinn air prògraman na seanail fhaicinn a' cosnadh sàr-chliù gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta. Am-bliadhna, cho-dhùin Duaisean Rìoghail Telebhisein Alba gu robh Jock Stein (purpleTV) airidh air duais am Prògram Spòrs as Fheàrr – tomhas air fàs ann am mothachadh taobh a-staigh a' ghnìomhachas telebhisein agus air luach ar prògraman.

## Naidheachdan agus Cùisean Làitheil

Lean sgioba naidheachd BBC ALBA iomairt taghadh coitcheann 2015 tro **An Là** agus tro **An Taghadh**, prògraman ùra a chaith an craoladh oidhche na Sàbaid. Thug Dòmhnull Moireasdan agus Seumas Dòmhnullach toraidhean an taghaidh chun luchd-èisteachd Gàidhlig air Radio nan Gàidheal tron oidhche air 7 Cèitean, le aithris agus sgrùdadh buaidh a' bhòta air feadh na

March, that competition eventually won by Eve Muirhead and her rink.

BBC ALBA has always put serving our audiences to the front and centre of its priorities but over the last two or three years the channel's programmes are beginning to garner national and international critical acclaim. The Royal Television Society Scotland Award this year chose **Jock Stein** (purpleTV) as its Best Sports Programme, an indication of a growing awareness within the broader television industry of the quality and values of our programming.

## News and Current Affairs

BBC ALBA's news team followed the 2015 UK general election campaign through **An Là** and the new Sunday evening **An Taghadh** broadcasts. The results were brought to the Gaelic

audience by Donald Morrison and Seumas MacDonald on Radio nan Gàidheal overnight on 7<sup>th</sup> May with BBC ALBA's coverage and analysis of the impact of the vote across the country on 8<sup>th</sup> May led by Iain MacInnes and Angela Maclean.

**An Là** has covered a wide range of stories from the news spectrum, including the challenges faced by Gaelic Medium schools in both Glasgow and Edinburgh, alcohol related deaths in the Western Isles, ambulance service problems in Mull, the opening of the Harris Distillery, and the story of a Uist dress that was viewed as gold or blue. **An Là** maintained close relations with TG4 through the year with almost weekly swaps of stories in both directions and has also participated in the World Indigenous Television Broadcasters Network news-sharing project.

**Eòrpa** is deemed to have had a strong year including reaching the final round of the Scottish BAFTAs and the last stages of the Celtic Media Awards. Series 23 highlights included one of the first visits by a Western film crew to Crimea since annexation by Russia, and an investigation of the legacy of Chernobyl 30 years since the disaster. A half-hour investigation of historic child abuse in Ireland received positive attention and special interest from Irish broadcasters.

A new Head of News & Current Affairs has been appointed by the BBC in Scotland, Gary Smith, and we have been in discussion with him regarding maximising our collaborative efforts to ensure best value and coverage for audiences.

**Eòrpa** returned on Armistice Day with a half-hour special looking at after



## Lèirsinn 2021: mar a chuireas na meadhanan Gàidhlig ri ath-bheothachadh na Gàidhlig

LÈIRSIINN 2021: SETTING OUT HOW GAELIC MEDIA CAN BEST CONTRIBUTE TO  
GAELIC REVITALISATION

dùthcha air aithris air 8 Cèitean le lain MacAonghais and Angela Nicgilleanain air BBC ALBA.

Tha **An Là** air farsaingeachd de sgeulachdan bho raon nan naidheachdan a thoirt thugainn, nam measg na dùblain a tha mu choinneamh sgoiltean a tha a' teagasc tro mheadhan na Gàidhlig an dà chuid ann an Glaschu agus Dùn Èideann, bàsan ri linn tinneas na dibhe sna h-Eileanan Siar, trioblaidean le seirbeis nan carbadan-eiridinn ann am Muile, fosgladh taigh-staile na Hearadh agus sgeulachd dreasa Uibhisteach a bha cuid a' faicinn òr agus cuid eile gorm! Chùm **An Là** suas na dàimhean aca le TG4 le co-roinn cha mhòr gach seachdain de sgeulachdan eadar an dà bhuidhinn agus cuideachd a' gabhail pàirt sa phòiseact co-roinneil naidheachd tro Lìonra Eadar-nàiseanta Chraoladairean Telebhisean

Dùthchasail (WITBN).

Tha bliadhna làdir air a bhith aig **Eòrpa**. Ràinig iad cuairt dheireannach BAFTA Alba agus cuairtean deireannach Duaisean Fèis nam Meadhanan Ceilteach. Ann an sreach 23 fhuar sinn sealladh bho fhear de na ciad criuthaichean bhon lar gu Crimea, bho dh'fhàg iad An Ruis, agus sgrùdadh air an dileab a dh'fhàg Chernobyl, 30 bliadhna bhon sgrios. Bha ùidh sònraichte aig craoladairean Èireannach san sgrùdadh leth-uair air droch-dhìol chloinne eachdraidheil ann an Èirinn.

Chaidh Gary Smith a shuidheachadh às ùr leis a' BhBC mar Cheannard Naidheachdan agus Cùisean Làitheil ann an Alba agus tha sinn air còmhraighean a chumail leis gus an fheum as fheàrr a dhèanamh de ar n-oidhirpean co-brachaichd gus luach an airgid fhaighinn agus airson math an luchd-amhairc.

Air Là an Arm-staid, thug Eòrpa sùil leth-uair air buaidh Cogadh Bosnia agus na saighdearan agus siobhalaich a tha beò le PTSD. Bha prògram bhon t-sreath mu dheireadh mu thubaist an MH17 ainmichte airson duais BAFTA Alba agus "Prògram Cùisean Làitheil as Fheàrr" aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach.

## Clann/Daoine Òga

Tha daoine òga a' cur seachad barrachd ùine a' cluich, a' coimhead susbaint agus a' cur seachad ùine air-loidhne na tha iad a' coimhead phrògraman telebhisein, a rèir sgrùdadh bliadhnaill a' tracadh modhan-coimhidh mheadhain san RA. B' e "landmark change" a thug am buidheann rannsachaidd 'Childwise' air agus tha e soilleir gum bi buaidh chudromach aig a' għluasad seo air ro-innleachd coimseanaidh BBC ALBA airson clann sna bliadhnaichean air thoisearch.

effects of the Bosnian War and soldiers and civilians coping with PTSD. A programme from the last series about the MH17 disaster was nominated for a Scottish BAFTA and "Best Current Affairs Programme" at the Celtic Media Festival.

## Children/Young People

Young people are spending more time playing, viewing content and socialising online than watching television programmes, according to an annual survey tracking children's media behaviour in the UK. The research agency 'Childwise' described it as a "landmark change" and it is clear that these changes will have an important impact on BBC ALBA's commissioning strategy for children in the coming years.

**Dè a-nis?** (BBC Gàidhlig) adopted a

new, fast-paced half-hour format with presenters Derek MacIntosh and Megan Maclellan joined on a regular basis by Annabel MacLennan and Stephanie Tinney. The programme featured popular strands, "An Rud as Fheàrr Leam", "Puinean nam Boingean" and the Top 10. **Dè a-nis?** audience feedback suggests that the move to 30-minute programmes on Tuesdays, Thursdays and Saturdays has been successful.

High quality acquisitions included the award-winning, live-action **Ceitidh Mòrag** (Move On Up Productions and versioned by Obh! Obh! Productions) with more fun and adventures on the beautiful island of Struay. The popular series **Ben & Hoilidh san Rioghachd Bhig: Ben & Holly's Little Kingdom** (Solus Productions) made its debut on BBC ALBA and has been delighting young audiences with tales from their

magic Kingdom. For older children **Àrd-sgoil a' Chnuic Annasaich: Strangehill High** (Obh! Obh! Productions) is anything but an average school with all manner of unusual, mysterious and just plain odd happenings. As a special Christmas première BBC ALBA screened the wonderful children's animation **Bioran: Stick Man** (Solus Productions).

## Learning & Language Learning

Tha ro-innleachd obrachaidh na buidhne ag amas air toraidhean Lèirsinn 2021, sealladh còig bliadhna na buidhne, a lìbhrigeadh. Tha àrdachadh san àireamh de nuadh agus bun phrògraman air BBC ALBA bho 1.9 uair a thìde gu 3 uair a thìde gach là na phriomhachas gus seirbheis poblach craoladh Gàidhlig a thairgse don luchd-amhairc agus aig an aon àm a' libhrigeadh buannachdan càinain, cultarail, sòisealta agus eacanomaigeach. Tha Cairt ùr a' BhBC a' taigsinn cothrom dhan BhBC gealladh a dhèanamh 10 uairean de phrògraman gach seachdain a rìochdachadh airson BBC ALBA mar a tha iad a' dèanamh airson na seanail Chuimreach S4C. Bhiodh sin na dhùblachadh air tabhartas phrògraman Gàidhlig a' BhBC agus thogadh e às-chur làitheil ùr na seanail gu faisg air an targaid de 3 uairean gach latha.

Tha MG ALBA, agus BBC ALBA, an eisimeil maoineachadh poblach, air fhaighinn sa chìad dol a-mach bho Riaghaltas na h-Alba a thaobh MG ALBA agus cìs a' chead craolaidh a thaobh a' BhBC. Tha misneachd aig Buill gun lean agus gu meudaich an taic-airgid a tha a' tighinn bho Riaghaltas na h-Alba, gu ìre 's gum bi e comasach na raoin-ùghdarrais reachdail agus dleastanasan ionmhasail an coileanadh an uair a bhios iad rim pàigheadh. An dèidh sgrùdaidhean cunbalach agus sgrùdail a dhèanamh air na cunnartan a dh'fhaodadh a bhith aig a' bhuidhinn, agus gu h-àraidh air sgrùdadh a dhèanamh air cumhan MG ALBA a thaobh dealais ionmhasail fad-ùine gu 2017 an aghaidh sùileachaidhean a thaobh ionmhais, tha am Bòrd riaraichte gu bheil e na chompanaидh a tha ann an suidheachadh mairsinneach.

## Financial statements for the year to 31 March 2016

These financial statements are the first MG ALBA statements prepared in accordance with International Financial Reporting Standards as adopted by the EU. There were no material changes as a result of this transition.

The Members are responsible for ensuring the preparation of the annual report and accounts. The Members consider that the annual report and accounts, taken as a whole, are fair, balanced and understandable and provide the information necessary for stakeholders to assess the organisation's financial position, performance, business model and strategy.

The organisation's business strategy is aimed at delivering the outcomes

envisioned in our vision for the next five years, Lèirsinn 2021. A key priority is to increase the amount of new and original content on BBC ALBA from 1.9 hours per day to 3 hours per day so as to offer a more comprehensive Gaelic public broadcasting service to audiences while at the same time delivering language, cultural, social and economic benefits. The new BBC Charter offers the BBC the opportunity to commit to making 10 hours per week of programming for BBC ALBA as they do for the Welsh-language channel S4C. This would represent a doubling of the BBC's Gaelic programme contribution and would take the channel's daily original output a significant way towards its target of 3 hours.

MG ALBA, and BBC ALBA, are dependent on public funding, drawn primarily from the Scottish Government in relation to MG ALBA and the Licence

fee in relation to the BBC. Members have confidence that the Scottish Government will continue to fund MG ALBA at a sufficient level to enable the organisation to meet its statutory remit and its financial obligations as they fall due. Having carried out regular and robust reviews of the risks facing the organisation, and in particular having reviewed the terms of MG ALBA's long term financial commitments to 2017 in conjunction with funding expectations, the board of MG ALBA is satisfied that the organisation remains a going concern.



57

Airson is gu lean an t-seirbheis dhan luchd-amhairec  
Gàidhlig a' sior leasachadh agus a bhith seasmhach,  
feumaidh sinn àireamh nas mothaidh de phrògraman ùra agus  
taghadh nas fharsainge de ghneithean is de chuspairean

FOR THE SERVICE TO THE GAELIC AUDIENCE TO CONTINUE TO IMPROVE AND BE SUSTAINABLE  
WE NEED A GREATER NUMBER OF ORIGINAL PROGRAMMES AND A WIDER VARIETY OF CONTENT

# CUNNTASAN NA BLIADHNA A DHÙIN 31 MÀRT 2016

Gaelic Media Service operating as MG ALBA

Accounts for the Year Ended 31 March 2016

---

## CLÀR-INNSE | CONTENTS

- 59** Aithris air dleastanasan a' bhùird  
Statement of the board's responsibilities
- 61** Aithisg an neach-sgrùdaidh neo-eisimeilich do bhuill Sheirbheis  
nam Meadhanan Gàidhlig  
Independent auditor's report to the members of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig
- 63** Aithris air teachd-a-steach iomlan  
Statement of comprehensive income
- 64** Aithris air an t-suidheachadh ionmhasail  
Statement of financial position
- 65** Aithris air atharrachaidhean ann an cothromas  
Statement of changes in equity
- 66** Aithris air sruthan-airgid  
Statement of cash flows
- 67** Notaichean ris na cunntasan  
Notes to the accounts



# Aithris air dleastanasan a' bhùird

## Statement of the board's responsibilities

Tha uallach air a' Bhòrd an Aithisg Bhliadhnaile agus na cunntasan ullachadh ann an co-rèir ris an lagh iomchaidh agus Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) a rèir mar a tha iad air an gabhail leis an Aonadh Eòrpach.

Tha Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003) a' cur riatanas air a' Bhòrd cunntasan airson gach bliadhna ionmhasail ullachadh a bheir sealladh fior agus cothromach air cor gnothaichean na Seirbheise agus air toradh na Seirbheise airson an ama sin. Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan seo, tha Inbhean Cunntasachd Eadar-nàiseanta 1 a' cur uallach air a' Bhòrd a bhith:

- a' taghadh phoileasaidhean cunntasachd agus gan cur an gnìomh gu cunbalach;
- a' taisbeannadh fiosrachadh, a' gabhail a-steach poileasaidhean cunntasachd, ann an dòigh a tha a' tabhann fiosrachadh iomchaidh, earbsach, coimeasach agus tuigseach;
- a' tabhann foillseachaidhean a bharrachd an uair nach eil gèilleadh ris na riatanasan sònraichte ann an IFRSan gu leòr airson buaidh gnìomhan sònraichte, tachartasan eile agus cùmhnantan a thuigsinn air suidheachadh ionmhais agus coileanadh na buidhne; agus
- measadh a dhèanamh air comas na Seirbheise leantainn air adhart mar ghnothach a tha a' leantainn oirre a' gnìomhachadh.
- properly select and apply accounting policies;
- present information, including accounting policies, in a manner that provides relevant, reliable, comparable and understandable information;
- provide additional disclosures when compliance with the specific requirements in IFRSs are insufficient to enable users to understand the impact of particular transactions, other events and conditions on the entity's financial position and performance; and
- make an assessment of the Seirbheis' ability to continue as a going concern.

The Board is responsible for preparing the Annual Report and the accounts in accordance with applicable law and International Financial Reporting Standards (IFRSs) as adopted by the European Union.

The Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003) requires the Board to prepare accounts for each financial year which give a true and fair view of the state of affairs of the Seirbheis and of the results of the Seirbheis for that period. In preparing these accounts, International Accounting Standard 1 requires the Board to:

Tha uallach air buill a' Bhùird clàraidhean cunntasachd ceart a chumail a dh'fhoillsicheas le ère mhath de chinnt aig àm sam bith obair ionmhasail na Seirbheise, agus a dh'fhoillsicheas an ère mhath mionaideach aig àm sam bith suidheachadh ionmhasail na Seirbheise agus a n-e comasach dhaibh dearbhadh gu bheil na cunntasan a' tighinn a rèir Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh). Tha uallach orra cuideachd so-mhaoin na Seirbheise a dhòn agus ceuman reusanta a ghabhail dha rèir airson foill agus neo-riaghailteachdan eile a bhacadh agus a lorg.

Tha uallach air a' Bhòrd airson deasachadh agus iomlanachd an fhiosrachaidh ionmhasail agus chorporra a tha air làrach-lìn na Seirbheise.

Mar as fhiù agus mar as fhiosrach le buill a' Bhùird:

- chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach ann air nach eil luchd-sgrùdaidh na Seirbheise mothachail; agus
- tha buill a' Bhùird air gach ceum a bu chòir dhaibh a ghabhail gus eòlas a thoirt dhaibh fhèin air fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith agus barantachadh gu bheil luchd-sgrùdaidh mothachail air an fhiosrachadh sin.

The members of the Board are responsible for keeping proper accounting records that are sufficient to show and explain the Seirbheis' transactions and disclose with reasonable accuracy at any time the financial position of the Seirbheis and enable them to ensure that the accounts comply with the Broadcasting Act 1990 (as amended). They are also responsible for safeguarding the assets of the Seirbheis and hence for taking reasonable steps for the prevention and detection of fraud and other irregularities.

The Board is responsible for the maintenance and integrity of the corporate and financial information included on the Seirbheis' website.

In so far as the members of the Board are aware:

- there is no relevant audit information of which the Seirbheis' auditors are unaware; and
- the members of the Board have taken all steps that they ought to have taken to make themselves aware of any relevant audit information and to establish that the auditors are aware of that information.



# Aithisg an neach-sgrùdaidh neo-eisimeilich do bhuill Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig

Independent auditor's report to the members of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig

Rinn sinn sgrùdadh air na cunntasan aig Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2016, a tha a' gabhail a-steach Aithris air Teachd-a-steach lomlan, Aithris air an t-Suidheachadh ionmhasail, Aithris air Atharrachaidhean ann an Cothromas, Aithris air Sruthan-airgid agus na notaichean co-cheangailte, 1 gu 20. Tha frèam-obrach nan aithisgean ionmhasail a chaidh a chur an gnìomh san ullachadh aca a' tighinn a rèir an lagha iomchaidh agus Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) mar a tha iad air an gabhail leis an Aonadh Èòrpach.

Thatagar a' toirt na h-aithisge seo do Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a-mhàin, mar bhuidheann, ann an co-rèir ri Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003). Chaidh ar n-obair sgrùdaidh a dhèanamh air chor 's gum faodamaid aithris riutha na nithean sin a dh'fheumar aithris riutha ann an aithisg neach-sgrùdaidh agus gun adhbhar sam bith eile ach sin fhèin. Chun na h-ìre as mothà ceadaichte a rèir an lagha, cha bhi sinn a' gabhail ri uallach, no ga ghabhail os làimh do dhuine sam bith seach buill Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig mar bhuidheann, airson ar n-obair sgrùdaidh, airson na h-aithisge seo, no airson ar beachdan.

## DLEASTANASAN FA LETH A' BHÙIRD AGUS AN NEACH-SGRÙDAIDH

Mar a tha minichte am barrachd doimhneachd san Aithris air Dleastanasan a' Bhùird air duilleag 59, tha uallach air a' Bhòrd airson ullachadh nan cunntasan agus a bhith riaraichte gu bheil iad a' toirt sealladh fior agus cothromach. Is e ar dleastanas-ne sgrùdadh a dhèanamh agus beachd a chur an cèill mu na cunntasan ann an co-rèir ris an lagh iomchaidh agus Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA agus Èirinn). Tha riatanas oirnn air sgàth nan inbhean sin a bhith cumail ris na h-Inbhean Beusail aig Bòrd nan Cleachdaidhean Sgrùdaidh airson Luchd-sgrùdaidh.

We have audited the financial statements of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig for the year ended 31 March 2016 which comprise the Statement of Comprehensive Income, the Statement of Financial Position, the Statement of Changes in Equity, the Statement of Cash Flows and the related notes 1 to 20. The financial reporting framework that has been applied in their preparation is applicable law and International Financial Reporting Standards (IFRSs) as adopted by the European Union.

This report is made solely to the members of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, as a body, in accordance with the Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003). Our audit work has been undertaken so that we might state to them those matters we are required to state to them in an auditor's report and for no other purpose. To the fullest extent permitted by law, we do not accept or assume responsibility to anyone other than the members of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, as a body, for our audit work, for this report, or for the opinions we have formed.

## RESPECTIVE RESPONSIBILITIES OF THE BOARD AND AUDITOR

As explained more fully in the Statement of the Board's Responsibilities set out on page 59, the Board is responsible for the preparation of the financial statements and for being satisfied that they give a true and fair view. Our responsibility is to audit and express an opinion on the financial statements in accordance with applicable law and International Standards on Auditing (UK and Ireland). Those standards require us to comply with the Auditing Practices Board's Ethical Standards for Auditors.

## FARSAINGEACHD SGRÙDADH NAN CUNNTASAN

Ann an sgrùdadh, bithear a' faighinn dearbhadh air suimean agus foillseachaidhean sna cunntasan, na dh'fhòghnas airson barantas reusanta a thoirt gu bheil na cunntasan saor bho mhì-aithris chudromach, ge b' e tha sin air sgàth foille no mearachd. An lùib seo bithear a' measadh: a bheil na poileasaidhean cunntasachd freagarrach do shuidheachadh Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus an deach an cur an gnìomh gu cunbalach agus am foillseachadh mar a dh'fheumar; reusantachd nan tuairmsean cunntasachd mòra a rinneadh leis a' Bhòrd; agus coltas nan aithrisean ionmhasail san fharsaingeachd. A thuilleadh air seo, bidh sinn a' leughadh an fhiosrachaidd ionmhasail agus neo-ionmhasail air fad san aithisg bhliadhnaill gus mì-chòrdaidhean cudromach ris na cunntasan sgrùdaichte a chomharrachadh agus gus fiosrachadh a shònachadh stèidhichte air, no mì-chòrdaichte ris, an fhiosrachadh a fhuaras leinne an uair a rinn sinn an sgrùdadh. Ma bheir sinn an aire do mhì-aithrisean no neo-riaghailteachdan cudromach, beachdaichidh sinn air a' bhuaidh a dh'haodadh iad toirt air an aithisg againn.

62

## BEACHD AIR NA CUNNTASAN

Nar beachd-ne tha na cunntasan:

- a' toirt sealladh fior agus cothromach air cor ghnothaichean Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig mar aig 31 Màrt 2016, agus air a teachd-a-steach is caiteachas airson na bliadhna sin a dhùin;
- air a bhith air an ullachadh gu ceart a rèir IFRS-an mar a tha iad air an gabhail leis an Aonadh Eòrpach; agus
- air a bhith air an ullachadh a rèir riatarasan Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003).

## SCOPE OF THE AUDIT OF THE FINANCIAL STATEMENTS

An audit involves obtaining evidence about the amounts and disclosures in the financial statements sufficient to give reasonable assurance that the financial statements are free from material misstatement, whether caused by fraud or error. This includes an assessment of: whether the accounting policies are appropriate to the circumstances of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig and have been consistently applied and adequately disclosed; the reasonableness of significant accounting estimates made by the Board; and the overall presentation of the financial statements. In addition, we read all the financial and non-financial information in the annual report to identify material inconsistencies with the audited financial statements and to identify any information that is apparently materially incorrect based on, or materially inconsistent with, the knowledge acquired by us in the course of performing the audit. If we become aware of any apparent material misstatements or inconsistencies we consider the implications for our report.

## OPINION ON FINANCIAL STATEMENTS

In our opinion the financial statements:

- give a true and fair view of the state of the affairs of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig as at 31 March 2016 and of its income and expenditure for the year then ended;
- have been properly prepared in accordance with IFRSs as adopted by the European Union; and
- have been prepared in accordance with the requirements of the Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003).

### JAMES BOYLE, CA (ÀRD NEACH-SGRÙDAIDH REACHDAIL)

airson agus às leth Deloitte LLP

Cunntasairean Cùmhantaichte agus Luchd-Sgrùdaidh Reachdail  
Dùn Èideann, An Rioghachd Aonaichte

### JAMES BOYLE, CA (SENIOR STATUTORY AUDITOR)

for and on behalf of Deloitte LLP

Chartered Accountants and Statutory Auditor  
Edinburgh, United Kingdom

26 CÈITEAN 2016

26 MAY 2016



# Aithris air teachd-a-steach iomlan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2016

## Statement of comprehensive income for the year ended 31 March 2016

Notaichean Notes	2016		2015	
	£	£	£	
<b>TEACHD-A-STEACH</b>		<b>INCOME</b>		
Bun-thabhartas Riaghaltas na h-Alba	12,800,000	12,800,000	Scottish Government Core Grant	
Tabhartasan a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba	25,000	420,000	Scottish Government Additional Grants	
Bun-thabhartas Riaghaltas na RA	1,000,000	1,000,000	UK Government Grant	
Teachd a-steach eile bho Thabhartasan	20,000	10,000	Other Grant Income	
Teachd-a-steach Stiùdio & Ghoireasan	151,010	165,925	Studios & Facilities Income	
	13,996,010	14,395,925		
<b>CAITEACHAS OBRACHAIDH</b>		<b>OPERATING EXPENDITURE</b>		
Riochdachaidhean Telebhisein, Reìðlo & Air-loidhne is Còraichean	11,726,138	11,636,505	Television, Radio & On-line Productions and Rights	
Gluasad ann an Riochdachaidhean rin Craoladh	57,295	674,438	Movement in Productions to be Transmitted	
Cosgaisean Obrachaidd na Seanail	772,899	647,974	Channel Operating Costs	
Cosgaisean Leasachaidd	38,580	42,185	Development Costs	
Sanasachadh Seanail & Corpora	55,637	40,406	Channel & Corporate Promotion	
Tabhartasan Trèanaidh a' Ghìomhachais	309,967	344,835	Industry Training Grants	
Conaltradh Luchd-ùidhe	81,253	52,565	Stakeholder Engagement	
Ceangal Coimhairsnachd	5,100	5,078	Community Liaison	
Cosgaisean Rannsachaidd Luchd-amhairc	102,861	119,534	Audience Research Costs	
	13,149,730	13,563,520		
<b>CÒRR IOMLAN</b>	846,280	832,405	<b>GROSS SURPLUS</b>	
<b>COSGAISEAN RIANACHD</b>		<b>ADMINISTRATIVE EXPENSES</b>		
<b>CÒRR OBRACHAIDH</b>	4	47,666	5,305	
			<b>OPERATING SURPLUS</b>	
Cosgaisean ionmhais lom	5	598	1,084	Net finance costs
<b>CÒRR RO CHÌSEAN</b>		47,068	4,221	<b>SURPLUS BEFORE TAXATION</b>
<b>CÌSEAN</b>	6	485	399	<b>TAXATION</b>
<b>CÒRR AN DÈIDH CHÌSEAN</b>		46,583	3,822	<b>SURPLUS AFTER TAXATION</b>

Tha an teachd-a-steach agus an caiteachas air fad stèidhichte air obair a tha a' leantainn air adhart.

Chan eil teachd-a-steach/cosgais eile ann a thuilleadh air an fheadhainn a tha air an ainmeachadh a-cheana.

Tha na poileasaidhean cunntasachd agus na notaichean nam pàirt riatanach de na cunntasan seo.

All income and expenditure is derived from continuing operations.

There are no other items of comprehensive income/expense other than those included above.

The accounting policies and notes form an integral part of these accounts.

# Aithris air an t-suidheachadh ionmhasail mar aig 31 Màrt 2016

Statement of financial position as at 31 March 2016

Notachean Notes	31.03.2016 £	31.03.2015 £	01.04.2014 £	
<b>SO-MHAOIN NEO-LÀITHREACH</b>	<b>NON-CURRENT ASSETS</b>			
Seilbh, acainn agus uidheam 9	825,418	834,561	923,100	Property, plant & equipment
<b>SO-MHAOIN LÀITHREACH</b>	<b>CURRENT ASSETS</b>			
Clàran-seilbe: riochdachaidhean rin craoladh	3,648,520	3,591,225	2,916,787	Inventories: productions to be transmitted
Malairt agus nithean eile a tha ri fhaighinn 10	285,582	431,470	269,232	Trade and other receivables
Airgead agus co-ionann ri airgead	174,656	185,405	202,532	Cash and cash equivalents
	4,108,758	4,208,100	3,388,551	
<b>DO-MHAOIN LÀITHREACH</b>	<b>CURRENT LIABILITIES</b>			
Malairt agus nithean eile a tha ri phàigheadh 11	(325,321)	(486,781)	(372,958)	Trade and other payables
<b>TEACHD-A-STEAICH AN DÀIL: RI PHÀIGHEADH AN CEANN BLIADHNA</b>	<b>DEFERRED INCOME: DUE WITHIN ONE YEAR</b>			
Tabhartasan Calpa an dàil 13	(60,000)	(60,000)	(60,000)	Deferred Capital Grants
Tabhartasan Teachd-a-steach an dàil 12	(3,648,520)	(3,591,225)	(2,916,787)	Deferred Income Grants
	(3,708,520)	(3,651,225)	(2,976,787)	
<b>SO-MHAOIN LÀITHREACH LOM</b>	74,917	70,094	38,806	<b>NET CURRENT ASSETS</b>
<b>SO-MHAOIN IOMLAN ÀS AONAIS DO-MHAOIN LÀITHREACH</b>	900,335	904,655	961,906	<b>TOTAL ASSETS LESS CURRENT LIABILITIES</b>
<b>DO-MHAOIN NEO-LÀITHREACH</b>	11	(9,097)	-	<b>NON-CURRENT LIABILITIES</b>
<b>TEACHD-A-STEAICH AN DÀIL: RI PHÀIGHEADH AN DÈIDH CÒRR IS BLIADHNA</b>	<b>DEFERRED INCOME: DUE AFTER MORE THAN ONE YEAR</b>			
Tabhartasan Calpa an dàil 13	(60,000)	(120,000)	(180,000)	Deferred Capital Grants
<b>SO-MHAOIN LOM</b>	831,238	784,655	780,833	<b>NET ASSETS</b>
<b>RIOCHDAICHTE LE</b>	<b>REPRESENTED BY</b>			
Cùl stòran	831,238	784,655	780,833	Reserves
<b>CÙL STÒRAN IOMLAN</b>	831,238	784,655	780,833	<b>TOTAL RESERVES</b>

Chaidh na cunntasan seo aontachadh leis a' Bhòrd air 26 Cèitean 2016

These accounts were approved by the Board on 26 May 2016

Magaidh Choineagan | Cathraiche  
Dòmhnull Caimbeul | Àrd-Oifigear

Maggie Cunningham | Chairperson  
Donald Campbell | Chief Executive

Tha na poileasaidhean agus notaichean cunntasachd nam pàirt riatanach de na cunntasan seo.

The accounting policies and notes form an integral part of these accounts.



## Aithris air atharrachaidhean ann an cothromas mar aig 31 Màrt 2016

### Statement of changes in equity as at 31 March 2016

	Cùl Stòran Reserves	£
TEACHD-A-STEACH		INCOME
Luach aig 1 Giblean 2014	780,833	Balance at 1 April 2014
Còrr airson na bliadhna	3,822	Surplus for the year
Luach aig 31 Màrt 2015	784,655	Balance at 31 March 2015
Còrr airson na bliadhna	46,583	Surplus for the year
Luach aig 31 Màrt 2016	831,238	Balance at 31 March 2016

# Aithris air sruthan-airgid airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2016

Statement of cash flows for the year ended 31 March 2016

	<b>2016</b> £	<b>2015</b> £	
<b>SRUTHAN-AIRGID BHO GHNIOMHAN-OBRACHAIDH:</b>			<b>CASH FLOWS FROM OPERATING ACTIVITIES:</b>
Còrr obrachaidh	47,666	5,305	Operating surplus
Ísleachadh air seilbh, acainn & uidheam	377,673	305,836	Depreciation of property, plant & equipment
Tabhartasan Calpa air an saoradh	(60,000)	(60,000)	Capital grants released
Call/(Buannachd) air cur-às do seilbh, acainn & uidheam	3,534	(2,518)	Loss/(Profit) on disposal of property, plant & equipment
Meudachadh ann an clàran-seilbhe: riochdachaidhean rin cradoladh	(57,295)	(674,438)	Increase in inventories: productions to be transmitted
Meudachadh ann an tabhartasan teachd-a-steach an dàil	57,295	674,438	Increase in deferred income grants
Lùghdachadh/(Meudachadh) ann an suimean ri thighinn a-steach	145,888	(162,238)	Decrease/(increase) in receivables
(Lùghdachadh)/Meudachadh ann an suimean rim pàigheadh	(164,914)	116,642	(Decrease)/Increase in payables
Sruth-airgid lom a-steach bho ghniomhan obrachaidh	349,847	203,027	Net cash inflow from operating activities
<b>SRUTHAN-AIRGID BHO GHNIOMHAN-TASGAIDH:</b>			<b>CASH FLOWS FROM INVESTING ACTIVITIES:</b>
Riadh a fhuaras/(páighe)	(598)	(1,084)	Interest received/(paid)
Reic seilbh, acainn & uidheam	-	7,700	Sale of property, plant & equipment
Ceannachd seilbh, acainn & uidheam	(375,812)	(222,479)	Purchase of property, plant & equipment
Sruth-airgid lom bho ghniomhan-tasgaidh	(376,410)	(215,863)	Net cash flow from investing activities
<b>SRUTHAN-AIRGID BHO GHNIOMHAN-IONMHASACHAIDH</b>			<b>CASH FLOWS FROM FINANCING ACTIVITIES:</b>
Gniomhan-ionmhasachaidh	15,814	(4,291)	Financing activities
Sruth-airgid lom bho ghniomhan-ionmhasachaidh	15,814	(4,291)	Net cash flow from financing activities
Atharrachadh lom ann an airgead	(10,749)	(17,127)	Net change in cash
Airgead agus co-ionann ri airgead mar aig 1 Giblean 2015	185,405	202,532	Cash and cash equivalents at 1 April 2015
Airgead agus co-ionann ri airgead mar aig 31 Màrt 2016	174,656	185,405	Cash and cash equivalents at 31 March 2016



# Notaichean ris na cunntasan | airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2016

Notes to the accounts | for the year ended 31 March 2016

## 1

## POILEASIDHEAN CUNNTASACHD | ACCOUNTING POLICIES

### BUN-STÈIDH ULLACHAIDH

Chaidh na h-aithrisean ionmhasail ullachadh a rèir Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) a rèir mar a tha iad air an gabhail leis an Aonadh Èòrpach. Tha an IFRS a' gabhail a-steach nan inbhean agus nam mìneachaidhean a chaidh an cur an cèill leis a' Chomataidh Mineachaidhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd ("IFRIC").

Is e seo a' chìad aithris ionmhasail a dh'ullaich an t-Seirbheis fo IFRS. Coimheadaibh ri nota 19 a thaobh nam foillseachaidhean a dh'fheumar fo IFRS 1, *First-Time Adoption of International Financial Reporting Standards*.

Tha na poileasaidhean cunntasachd a tha air an cur an cèill gu h-íosal air a bhith air an cur an sàs ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean cunntasachd airson nam bliadhnaichean a dhùin air 31 Màrt 2015 agus 2016 agus an Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail mar a bha e air 1 Giblean 2014.

Chaidh na cunntasan ullachadh air a' mhodh cosgais eachdraidheil air bhun chùis a tha a' dol.

Tha an t-Seirbheis mothachail air cho mòr 's tha i an eisimeil taic ionmhais leantainneach bho mhinistearan Riaghaltas na h-Alba aig irean fiosgail iomchaidh gus obair a chumail suas gus com-pàirteachas BBC ALBA leis a' BhBC a riachadh. Faodaidh an t-Seirbheis a bhith a' sùileachadh gu reusanta gum bi stòrasan gu leòr ann airson leantainn air adhart ag obair airson an ath dhusan mìos. Airson an adhbhar seo thathar a' leantainn air adhart air bhun chùis a tha a' dol ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan.

Tha na priomh phoileasaidhean cunntasachd air a bhith air an cur an cèill gu cunbalach a thaobh cunntasan na Seirbheise.

### TEACHD-A-STEACH

Tha na tabhartasan a fhuarar bho Riaghaltas na h-Alba air an cur ris an Aithris air Teachd-a-steach lomlan sa bhliadhna co-cheangailte riutha ach fo smachd tabhartasan sam bith a chaidh fhaighinn agus a bha air an cleachdadh gus riochdachaidhean a mhaoineachadh a bhiodh air an craoladh aig deireadh na bliadhna. Thèid an teachd-a-steach an dàil seo a chomharrachadh nuair a thèid na tabhartasan riochdachaidh co-cheangailte a chur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach lomlan mar a tha minichte sa phoileasaidh fa leth airson tabhartasan riochdachaidh gu h-íosal.

### BASIS OF PREPARATION

The financial statements have been prepared in accordance with International Financial Reporting Standards (IFRSs) as adopted by the European Union. IFRS includes the standards and interpretations approved by the International Accounting Standards Board ("IASB") and interpretations issued by the International Financial Reporting Interpretations Committee ("IFRIC").

This is the Seirbheis' first set of financial statements that have been prepared under IFRS. Please refer to note 19 for the disclosures required by IFRS 1, *First-Time Adoption of International Financial Reporting Standards*.

The accounting policies set out below have been applied in preparing the financial statements for the years ended 31 March 2015 and 2016 and the opening Statement of Financial Position as at 1 April 2014.

The accounts have been prepared on the historical cost convention on a going concern basis.

The Seirbheis is cognisant of its reliance on the Scottish Government ministers' continued financial support at appropriate fiscal levels to maintain its operations to satisfy the BBC ALBA partnership with the BBC. The Seirbheis can reasonably expect that it will have adequate resources to continue in operational existence for the next twelve months. For this reason, it continues to adopt the going concern basis in preparing the accounts.

The principal accounting policies have been applied consistently in relation to the Seirbheis' accounts.

### INCOME

Income grants received from The Scottish Government are credited to the Statement of Comprehensive Income in the year to which they relate subject to the deferral of any grants received which were used to fund productions yet to be broadcast at the year end. This deferred income will be recognised when the related productions are expensed to the Statement of Comprehensive Income as outlined in the separate policy for production contracts as detailed below.

# Notaichean ris na cunntasan

## Notes to the accounts

### CÙMHANTAN RIOCHDACHAIDH

Tha tabhartasan agus càraichean riochdachaidh Telebhisein is Rèidio air an cumail san Aithris air an t-Suidheachadh ionmhasail agus air an cur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach lomlan an uair a tha an riochdachadh ris a bheil iad ceangailte air a chraoladh airson a' chiad uair.

### TEACHD-A-STEACH STIÙDIO

Tha teachd a-steach bhon stiùdio air a chomharrachadh san Aithris air Teachd-a-steach lomlan nuair a tha bathar agus seirbheisean air an lìbhrigeadh.

### CÙMHANTAN EILE

Tha cùmhnantan leasachaiddh agus gach cùmhnant eile a tha ri phàigheadh air an cur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach lomlan nuair a dh'fheumar am phàigheadh.

### GABHALTASAN

Tha nithean air mìl pàighe fo ghabhaltasan obrachaidh agus chùmhnantan ceannach fastaiddh air an cur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach lomlan nuair a dh'fheumar am phàigheadh.

### COSGAISEAN PEINNSEIN

Tha na cosgaisean peinnsein a chaidh an cur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach lomlan a' riochdachadh sùim nan tabhartasan rim pàigheadh airson an àm chunntasachd.

### SEILBH, ACAINN & UIDHEAM

#### *Isleachadh*

Tha isleachadh ann airson so-mhaoin stèidhichte làimhseachail a chur às a' chunntas le tuairmse air an fheum eaconamach ach às aonais tuairmse an luach aig deireadh am beatha fheumail mar a leanas:

Talamh agus togalaicheadan ..... 20% loidhne dhìreach

### PRODUCTION CONTRACTS

Television and Radio production acquisitions and rights are held in the Statement of Financial Position and are expensed to the Statement of Comprehensive Income once the production to which they relate has been first broadcast.

### STUDIO INCOME

Studio income is recognised in the Statement of Comprehensive Income when products are supplied and services are provided.

### OTHER CONTRACTS

Development contracts and all other operating contracts payable are charged to the Statement of Comprehensive Income as incurred.

### LEASING

Rentals paid under operating leases and hire purchase contracts are charged to the Statement of Comprehensive Income as incurred.

### PENSION COSTS

The pension costs charged against the Statement of Comprehensive Income represent the amount of the contributions payable in respect of the accounting period.

### PROPERTY, PLANT & EQUIPMENT

#### *Depreciation*

Depreciation is provided to write off the cost less estimated residual value of property, plant & equipment over their estimated useful economic lives as follows:

Land and buildings ..... 20% straight line



# Notaichean ris na cunntasan

## Notes to the accounts

### Acainn & uidheam:

Uidheam Coimpiutaireachd .....	33% loidhne dhìreach
Àirneis & Uidheam Oifise.....	20% loidhne dhìreach
Carbadan Motair .....	25% lùghdachadh cothromachaидh
Uidheam Stiùdio .....	20% loidhne dhìreach

### Plant and equipment:

Computer Equipment .....	33% straight line
Office Furniture & Equipment .....	20% straight line
Motor Vehicles .....	25% reducing balance
Studio Equipment.....	20% straight line

## TABHARTASAN CALPA

Tha tabhartasan calpa air an cumail san Aithris air an t-Suidheachadh ionmhasail agus air an toirt air dhàil don Aithris air Teachd-a-steach lomlan ann an co-rèir ri poileasaidh ìleachaidh na so-mhaoin ris a bheil an tabhartas ceangailte.

## AIRGEAD AGUS CO-IONANN RI AIRGEAD

Tha airgead agus co-ionann ri airgead a' gabhail a-steach airgead-làimhe agus airgead taisgte a tha furasta a thionndadh gu sùim aithnichte de dh'airgead-làimhe agus nach eil buailteach ach air glè bheag de dh'atharrachadh ann an luach.

## IONNSRAMAIDEAN IONMHASAIL

Tha maoin ionmhasail agus fiachan ionmhasail air an aithneachadh san Aithris air an t-Suidheachadh ionmhasail an uair a tha an t-Seirbheis air aonta a chur ri solar cunnraidi na h-ionnsramaid.

### *Maoin ionmhasail*

Tha na maoin ionmhasail air fad air an aithneachadh agus air an di-aithneachadh air ceann-là malairt far a bheil ceannach no reic so-mhaoin ionmhasail fo chunnradh anns a bheil cumhan a tha a' ciallachadh gum feum an so-mhaoin a bhith air a libhrigeadh taobh a-staigh an ama a chaidh a stèidheachadh le pòiomh neach-ceannachd na Seirbheise, agus a tha sa chiad dol a-mach air a thomhas aig luach chothromach, agus cosgaisean gniomh-malairt.

## CAPITAL GRANTS

Capital grants received are held in the Statement of Financial Position and credited to the Statement of Comprehensive Income in line with the depreciation policy of the asset to which the grant relates.

## CASH AND CASH EQUIVALENTS

Cash and cash equivalents comprise cash on hand and demand deposits that are readily convertible to a known amount of cash and are subject to insignificant risk of changes in value.

## FINANCIAL INSTRUMENTS

Financial assets and financial liabilities are recognised in the Statement of Financial Position when the Seirbheis becomes a party to the contractual provision of the instrument.

### *Financial Assets*

All financial assets are recognised and derecognised on a trade date where the purchase or sale of a financial asset is under a contract whose terms require delivery of the financial asset within the timeframe established by the Seirbheis' principal customer, and are initially measured at fair value, plus transaction costs.

# Notachean ris na cunntasan

## Notes to the accounts

### ***Is e nithean air am faotainn an t-aon seòrsa so-mhaoin ionmhasail a tha aig an t-Seirbheis***

Tha nithean air am faotainn tro mhalaire agus nithean eile a tha air am faotainn a thathar a' pàigheadh mar shuimean a tha stèidhichte no dearbhte nach eil air an luachadh ann am margaidh ghnìomhach air am meas mar 'nithean rim faotainn'. Tha iad air an tomhais aig cosgais luach-chrònайдh a' cleachdad a' mhodh rèidh èifeachdaich, às aonais milleadh sam bith. Tha riadh teachd-a-steach air aithneachadh le bhith a' cur an cùill an reata rèidh èifeachdaich, ach a-mhàin nithean rim faotainn airson geàrr-ùine far am biodh aithneachadh air riadh neo-thàbhach.

### ***Milleadh air so-mhaoin ionmhasail***

Tha so-mhaoin ionmhasail air am measadh airson comharran air easbhaidh air ceann-là gach Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail. Tha easbhaidh ann an so-mhaoin ionmhasail an uair a tha fianais neo-phàirteach ann, gu bheil, mar thoradh air aon tachartas no barrachd a ghabh àite an dèidh a' chìad aithneachadh den t-so-mhaoin ionmhasail, gu bheil buaidh aige air an t-sruth airgid a tha air a mheasadh airson an ama ri teachd.

Airson cuid de sheòrsaichean so-mhaoin ionmhasail, leithid nithean air am faotainn tro mhalaire, bidh so-mhaoin a tha air am measadh, gun a bhith air am milleadh a thuilleadh air seo, air am measadh airson milleadh air bun-stèidh cruinnichte. Dh'fhaodadh fianais chothromach air milleadh airson pasgan de nithean air am faotainn gabhail a-steach an t-eòlas eachdraidheil a tha aig an t-Seirbheis ann a bhith a' cruinneachadh pàighidhean, meudachadh san àireamh de phàighidhean air an robh dàil sa phasgan thar an ama creideis àbhaisteach, cho math ri atharrachaidhean mothachail ann an suidheachaidhean eaonamach nàiseanta no ionadail a tha ann an co-dhàimh ri dearmad ann an nithean air am faotainn.

A thaobh so-mhaoin a tha air an cumail aig cosgais luach-crònайдh, is e meud a' mhillidh na h-eadar-dhealachaidhean eadar luach giùlain an t-so-mhaoin agus an luach làithreach a thathar a' meas a bhios aig an t-sruth airgid aig an àm ri teachd le lasachadh a rèir reata rèidh a bha aig an t-so-mhaoin ionmhasail o thùs.

Tha luach làithreach an t-so-mhaoin ionmhasail air a lùghdachadh gu dìreach leis a' chall millidh a thaobh nan so-mhaoinean ionmhasail ach a' fágail a-mach nithean air am faotainn tro mhalaire far a bheil an luach làithreach air a lùghdachadh tro bhith a' cleachdad cuinntas cuibhreann. Far

### ***Receivables is the only category of financial asset held by the Seirbheis***

Trade receivables and other receivables that have fixed or determinable payments that are not quoted in an active market are classified as "receivables". They are measured at amortised cost using the effective interest method, less any impairment. Interest income is recognised by applying the effective interest rate, except for short-term receivables when the recognition of interest would be immaterial.

### ***Impairment of financial assets***

Financial assets are assessed for indicators of impairment at the date of each Statement of Financial Position. Financial assets are impaired where there is objective evidence that, as a result of one or more events that occurred after the initial recognition of the financial asset, the estimated future cash flows of the investment have been affected.

For certain categories of financial assets, such as trade receivables, assets that are assessed not to be impaired individually are, in addition, assessed for impairment on a collective basis. Objective evidence of impairment for a portfolio of receivables could include the Seirbheis' past experience of collecting payments, an increase in the number of delayed payments in the portfolio past the average credit period, as well as observable changes in national or local economic conditions that correlate with default on receivables.

For financial assets carried at amortised cost, the amount of the impairment is the differences between the asset's carrying amount and the present value of estimated future cash flows, discounted at the financial asset's original effective interest rate.

The carrying amount of the financial asset is reduced by the impairment loss directly for all financial assets with the exception of trade receivables, where the carrying amount is reduced through the use of an allowance account. When a trade receivable is considered uncollectible, it is written off against the allowance account. Subsequent recoveries of amounts previously written off are credited against the allowance account. Changes in the carrying amount of the allowance account are recognised in profit or loss.



# Notaichean ris na cunntasan

## Notes to the accounts

a bheilear a' meas nach gabh nì air fhaotainn tro mhalaire a thionail thathar ga chur às an aghaidh a' chunntais chuibhrinn. Tha atharrachaidhean sa chunntas làithreach den chunntas cuibhreann air an aithneachadh mar phrothaid no call.

### ***Di-aithneachadh air so-mhaoin ionmhasail***

Tha an t-Seirbheis a' dèanamh di-aithneachadh air so-mhaoin ionmhasail a-mhàin an uair a tha càoraichean cunnradail an t-sruth-airgid bho so-mhaoin a bhith a' criochnachadh, air neo an uair a thèid an t-so-mhaoin ionmhasail atharrachadh agus a tha na riosgan agus na duaisean air fad agus an sealbh den t-so-mhaoin a' gluasad gu buidheann eile. Mur a dèan an t-Seirbheis atharrachadh no mur a cum i na riosgan agus na duaisean seilbh agus a leanas i oirre a' cumail smachd air an t-so-mhaoin a chaidh a għluasad, bidh an t-Seirbheis a' toirt aithne do dh'ùidh leantainneach san t-so-mhaoin agus fiachan co-cheangalit airson suimean is dòcha a dh'fheumar a phàigheadh. Ma chumas an t-Seirbheis gu tàbhachdach na riosgan agus na duaisean seilbh a tha aig so-mhaoin ionmhasail a chaidh atharrachadh, leanaidh an t-Seirbheis oirre ag aithneachadh an t-so-mhaoin ionmhasail agus bheir i aithne cuideachd do iasad colatarail airson an teachd-a-steach a fuaras.

Ann a bhith a' dèanamh di-aithneachadh air so-mhaoin ionmhasail gu tur, bidh an t-eadar-dhealachadh eadar sùim leantainneach an t-so-mhaoin agus sùim a' bhreithneachaidh a chaidh fhaotainn agus a dh'fhaodar fhaighinn agus a' bhuanachd no an call tionalach a chaidh aithneachadh ann an teachd-a-steach iomlan eile agus a chaidh a chàrnadh ann an cothromas air aithneachadh san Aithris air Teachd-a-steach lomlan.

### ***Is e do-mhaoin ionmhasail eile an t-aon seòrsa do-mhaoin ionmhasail a tha aig an t-Seirbheis***

Tha do-mhaoin ionmhasail eile, a' gabhail a-steach nithean air am pàigheadh tro mhalaire air am measadh air tùs aig luach chothromach, as aonais cosgaisean tar-ghniomh.

Tha do-mhaoin ionmhasail eile an dèidh seo air am tomhas aig cosgais luach-chrionaidh a' cleachdad a' mhodh rèidh èifeachdaich, le cosgais rèidh air aithneachadh air bhun-stèidh toradh èifeachdach.

Is e modh rèidh èifeachdach modh-obrach a thaobh a bhith ag obrachadh a-mach cosgais luach-chrionaidh de dho-mhaoin ionmhasail agus a bhith a' riachadh cosgais rèidh thar na h-ùine iomchaidh. Is e an ire an rèidh èifeachdach an

### ***Derecognition of financial assets***

The Seirbheis derecognises a financial asset only when the contractual rights to the cash flows from the asset expire, or when it transfers the financial asset and substantially all the risks and rewards of ownership of the asset to another entity. If the Seirbheis neither transfers nor retains substantially all the risks and rewards of ownership and continues to control the transferred asset, the Seirbheis recognises its retained interest in the asset and an associated liability for amounts it may have to pay. If the Seirbheis retains substantially all the risks and rewards of ownership of a transferred financial asset, the Seirbheis continues to recognise the financial asset and also recognises a collateralised borrowing for the proceeds received.

On derecognition of a financial asset in its entirety, the difference between the asset's carrying amount and the sum of the consideration received and receivable and the cumulative gain or loss that had been recognised in other comprehensive income and accumulated in equity is recognised in the Statement of Comprehensive Income.

### ***Other financial liabilities is the only category of financial liabilities held by the Seirbheis***

Other financial liabilities, including trade payables are initially measured at fair value, net of transaction costs.

Other financial liabilities are subsequently measured at amortised cost using the effective interest method, with interest expense recognised on an effective yield basis.

The effective interest method is a method of calculating the amortised cost of a financial liability and of allocating interest expense over the relevant period. The effective interest rate is the rate that exactly discounts estimated future cash payments through the expected life of the financial liability, or, where appropriate, a shorter period, to the net carrying

# Notachean ris na cunntasan

## Notes to the accounts

